



## **An Treas Plana Reachdail Gàidhlig (Dreachd)**

Air ullachadh fo Earrann 3, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

## Facal-toisich

---

Tha e na thoileachas agus urram mòr dhuinn a bhith a' cur an treas Plana Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig fo ur comhair. Tha a' Ghàidhlig aig cridhe adhbhar stèidheachd agus obair Shabhal Mòr Ostaig. Mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig 's e a' cur ri ath-bheothachadh na Gàidhlig prìomh rùn an t-Sabhail; agus 's e ar lèirsinn, a bhith nar n-ionad Gàidhlig bho bhun gu bàrr, agus sinn a' tairgsinn chothroman ionnsachaidh, rannsachaidh agus cultarach a tha sàr mhath, gus an urrainn do ar n-oileanaich, luchd-obrach agus luchd-compàirt a' Ghàidhlig a thoirt air adhart (Ro-Innleachd Shabhal Mòr Ostaig).

Anns a' Phlana Gàidhlig ùr againn an seo, tha sinn a' daingneachadh ar taice do dh' Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a' mìneachadh nam planaichean againn airson amasan na h-Achd a thoirt gu buil sna bliadhnaichean ri thighinn.

Tha an treas Plana Gàidhlig againn ga fhoillseachadh aig àm sònraichte ann an eachdraidh an t-Sabhail, is Sabhal Mòr Ostaig air 50 bliadhna a dh'aois a ruigsinn ann an 2023. Mar phàirt dhen cheann-bhliadhna shònraichte seo, dh'fhoillsich sinn ro-innleachd ùr (2023-28) a bhios a' stiùireadh ar n-obrach thar iomadh raon-obrach airson nan ath chòig bliadhna. Tron treas Plana Gàidhlig againn, tha sinn an dùil ar n-inbhe mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, agus ar n-obair ann an teagasg, rannsachadh, pròiseactan cultarach is iomairtean eacanomaigeach, a neartachadh is a leudachadh gu bhith a' coileanadh nam feumalachdan aig luchd-ùidhe is luchd-labhairt na Gàidhlig.

Tha e na adhbhar gàirdeachais dhuinn gu bheil an treas Plana Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig ga dheasachadh goirid an dèidh dha Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba an treas Plana Nàiseanta na Gàidhlig fhoillseachadh (san Dùbhlachd 2023), a bhios a' stiùireadh leasachadh na Gàidhlig airson còig bliadhna; agus tha Sabhal Mòr Ostaig gu mòr an dòchas - mar phrìomh ionad ionnsachaidh is cleachdaidh a' chànain ann an Alba - gum bi sinn a' cuideachadh le bhith a' libhrigeadh mòran dhe na h-amasan anns a' Phlana Nàiseanta ùr. Tha e na thoileachas dhuinn a bhith a' taisbeanadh nan seirbheisean Gàidhlig a tha sinn a' toirt seachad agus a' brosnachadh dhaoine a bhith a' dèanamh feum dhe na cothroman Gàidhlig seo, gach latha.

'S i a' Ghàidhlig cànan làitheil Shabhal Mòr Ostaig, agus tha sinn a' toirt spèis mhòr dhi mar ar prìomh chànain. Tha sinn a' cleachdadh ar Gàidhlig mar mheadhan conaltraidh, agus mar mheadhan airson obair teagasg, rannsachaidh, ionnsachaidh agus trèanaidh. Tha gu bheil ar cùrsaichean gan teagasg uile tro mheadhan na Gàidhlig gar dèanamh sònraichte is spèisealta ann an Alba, agus tha poileasaidh Gàidhlig fìor làidir air cùl feallsanachd agus gnìomhan an t-Sabhail air fad.

Sa Phlana seo, tha Sabhal Mòr Ostaig a' cur an cèill an dà chuid mar a tha sinn a' cur na Gàidhlig gu feum mar-thà agus na tha sinn an dùil a dhèanamh tro na bliadhnaichean ri teachd gus cur ri cleachdadh agus follaiseachd na Gàidhlig. Nì sinn an obair seo ann an com-pàirteachas le iomadach buidheann eile, nam measg Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, comhairlean, ionadan, buidhnean, oilthighean is colaistean eile, agus

Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

coimhearsnachdan ionadail agus nàiseanta. Tha sinn an dòchas gun còrd Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig ribh.

**An Dr Gillian Rothach**  
**Prionnsapal**

## Clàr-innse

### 1. RO-RÀDH

A' Ghàidhlig ann an Alba agus ann an Slèite .....	7
Eachdraidh Shabhal Mòr Ostaig .....	8
Poileasaidh Cànan Shabhal Mòr Ostaig .....	10

### 2. ÀRD-PHRIONNSAPALAN

Àite-obrach Gàidhlig.....	11
Foghlam Oilthigh tro Mheadhan na Gàidhlig .....	11
Companaidhean Prìobhaideach is Pròiseactan .....	11

### 3. GEALLTANASAN A' PHLANA

Amasan Àrd-ìre .....	14
Amasan mar Cholaiste Ghàidhlig .....	14

#### 3.1 INBHE NA GÀIDHLIG AIG A' CHOLAISTE

3.1.1 Aithne Chorporra.....	14
3.1.2 Soidhnichean .....	15

#### 3.2 CONALTRADH

3.2.1 Conaltradh Pearsanta .....	16
3.2.2 Fàilteachas .....	19
3.2.3 Fòn .....	20
3.2.4 Conaltradh Sgrìobhte .....	20
3.2.5 Foirmichean .....	21
3.2.6 Modhan-gearain .....	21

#### 3.3 LUCHD-OBRACH

3.3.1 Ionnsachadh Gàidhlig an Luchd-obrach .....	22
3.3.2 Trèanadh .....	24
3.3.3 Ceannas.....	25
3.3.4 Fastadh .....	26
3.3.5 Sanasachd .....	27

#### 3.4 FOILLSEACHAIDHEAN

3.4.1 Dàimh Phoblach agus na Meadhanan .....	28
3.4.2 Stuthan Clò-bhuailte .....	28
3.4.3 An Làrach-lìn is na Meadhanan Sòisealta.....	29
3.4.4 Clò Ostaig .....	30

<b>3.5 LUCHD-TADHAIL</b>	
3.5.1 Cùrsaichean Goirid.....	30
3.5.2 Co-labhairtean .....	31
3.5.3 Taisbeanaidhean Ealain.....	32
<b>3.6 DEALBHADH CÀNAIN</b>	
3.6.1 Leasachaidhean .....	33
3.6.2 An Saoghal A-muigh .....	34
3.6.3 Stiùireadh air Dealbhadh Cànain .....	35
3.6.4 Buidhnean Co-cheangailte ri Sabhal Mòr Ostaig.....	35
3.6.5 Rannsachadh .....	36
<b>3.7 IONNSACHADH CÀNAIN</b>	
3.7.1 Anns an Dachaigh.....	37
3.7.2 Foghlam.....	38
<b>3.8 CLEACHDADH CÀNAIN</b>	
3.8.1 Anns a’ Choimhearsnachd .....	39
3.8.2 Anns an Àite-obrach.....	40
3.8.3 Anns na Meadhanan.....	40
3.8.4 Anns na h-Ealain .....	41
3.8.5 Ann an Turasachd, Dualchas is Cur-seachadan.....	42
<b>3.9 INBHE CÀNAIN</b>	
3.9.1 Ìomhaigh Bhrosnachail.....	43
3.9.2 Cho Follaiseach ‘s a tha a’ Ghàidhlig.....	44
3.9.3 Ag Ullachadh Phlanaichean Gàidhlig.....	45
<b>3.10 CORPAS CÀNAIN</b>	
3.10.1 A’ Cur ri Meud Corpas na Gàidhlig.....	45
3.10.2 A’ Cur ri Buntainneachd agus Cunbhalachd na Gàidhlig .....	46
<b>4. FOILLSEACHADH</b>	
A’ Foillseachadh agus a’ Sanasachd a’ Phlana .....	47
<b>5. MAOINEACHADH A’ PHLANA</b> .....	48
<b>6. SGRÙDADH AIR COILEANADH A’ PHLANA</b> .....	48
<b>7. AM PLANA GÀIDHLIG AIG A’ CHOLAISTE</b>	
Uallach Deireannach airson a’ Phlana .....	49
Uallach Làitheil airson a’ Phlana .....	49
Buidheann Leasachaidh Ghàidhlig.....	49
Dleastanasan aig Manaidsearan is Ceannardan Roinne .....	50
Buidhnean bhon Taobh A-muigh .....	50

<b>EÀRR-RÀDH 1 – IN-SGRÙDADH CÀNANACH .....</b>	<b>51</b>
<b>EÀRR-RÀDH 2 – CO-CHOMHAIRLEACHADH POBLACH .....</b>	<b>51</b>

## 1. RO-RÀDH

Ann an 2005, fhuair Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 làn-aonta ann am Pàrlamaid na h-Alba, leis an amas 'inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla.' Fon achd seo, chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh le uallach airson leasachadh na Gàidhlig ann an Alba air fad. Mar phàirt den dleastanas sin, dh'arradh am Bòrd air buidhnean poblach planaichean Gàidhlig a sgrìobhadh dhaibh fhèin. Chuir Sabhal Mòr Ostaig a' chiad phlana Gàidhlig aca air bhog anns a' Ghearran 2012 agus a-nis tha sinn toilichte an treas plana againn a thoirt dhan Bhòrd. Tha sinn an dùil gun cuir am plana Gàidhlig seo gu mòr ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ri Achd na Gàidhlig fhèin ann a bhith a' toirt na Gàidhlig air adhart gu nàiseanta.

### A' GHÀIDHLIG ANN AN ALBA AGUS ANN AN SLÈITE

Mar ionad foghlaim is iomairt cànan, tha Sabhal Mòr Ostaig a' togail air dìleab na Gàidhlig a thaobh cànan is cultar na h-Alba. Thathar air a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig san dùthaich seo fad còrr is mìle gu leth bliadhna bhon àm a stèidhich na Gàidheil Dal Riada far a bheil Earra-Ghàidheal an-diugh. Tro na linntean, sgaoil is sgap a' Ghàidhlig fad is farsaing gus an robhar ga bruidhinn air feadh tìr-mòr na dùthcha agus Innse Gall ach a-mhàin mu cheann an ear nan Crichean agus ann an Rinn Ghallaibh. Tha seanfhacail a' toirt iomradh air leud is meud tìr na Gàidhlig 's i a' sìneadh "bho Pheairt gu Hiort" agus "eadar Cataibh is Anainn".

Ràinig a' Ghàidhlig àirde a neirt mu 1100 's i na gnàth-chainnt aig rìghrean, uaislean is islean, ach thòisich crìonadh às dèidh do Mhaol Chaluim a' Chinn Mhòir tilleadh a dh'Alba. Mean air mhean fhuair a' Bheurla làmh-an-uachdar air a' Ghàidhlig ann an taobh an ear is ceann a deas na h-Alba, ged a bhathar ga bruidhinn ann an Carraig is Gall-Ghàidhealaibh suas chun na 17mh linn. Cha b' e crìonadh gun abhsadh a bh' ann ge-tà, 's a' Ghàidhlig air àite na Beurla a ghabhail ann an cuid de Shiorrachdan Inbhir Àir agus Dhùn Phris, mar a tha ainmean-àite a' dearbhadh.

Fad cheudan de bhliadhnachan bha a' chrìoch eadar Gàidhealtachd is Galltachd stèidhte is seasmhach, gus an do thachair sreath de sgiorrigan cunnartach mar Achdan Pàrlamaid an aghaidh a' chànan, aramach is dìoghaltas, fuadaichean agus sìor-leudachadh aon-chànanas na Beurla.

B' ann anns an 20mh linn a thòisich cuibhle an fhortain air tionndadh, eadar ath-bheothachadh ann an saoghal an litreachais 's a' chiùil, leasachaidhean foghlaim agus adhartachadh sòisealta is poileataigeach. Ach aig an aon àm, thòisich a' Ghàidhlig air crìonadh gu ìre eagalach aig ìre choimhearsnachdan agus theaghlaichean.

Aig toiseach na 20mh linn, bha a' Ghàidhlig aig còrr is trì cairteal de mhuintir a' chosta an iar eadar Latharna is Dùthaich MhicAoidh agus anns na h-eileanan an iar air fad. Bha i aig co-dhiù an dàrna leth de dhaoine air feadh na cuid as motha den chòrr de tìr-mòr na Gàidhealtachd, agus aig co-dhiù cairteal de mhuintir sgìrean ann an Gallaibh, Moireibh, Bràigh Bhanbh, Màrr, Raineach, taobh Loch Laomainn agus Arainn.

A rèir Cunntas-sluaigh 2022, bha 69, 710 daoine comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, b' e sin 1.3% den t-sluaigh nàiseanta. Ach uile-gu-lèir, bha tomhas de Ghàidhlig aig 130,161 no 2.5% den t-sluaigh, figear a bha fada na b' àirde na 2011 nuair a bha 87,000 neach le sgilean Gàidhlig ann an Alba.

Chan eil an t-àrdachadh co-ionann air feadh na dùthcha, a rèir bhuidhnean aoise, no a rèir sgìlean cànan, ge-tà: tha toraidhean a' chunntais-shluaigh airson 2022 air sealltainn gu bheil

crìonadh ann an àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, agus gu bheil fàs ann an àiteachan eile ann an Alba.

Ann an 2022 cha robh ach ceithir paraistean ann anns am bruidhinn a' mhòr-chuid Gàidhlig (Barbhas, Barraigh, Uibhist a Deas is Uibhist a Tuath). Bha trì paraistean ann far an robh a' Ghàidhlig air a dhol na mion-chànan: Na Hearadh, sgìre Ùige (Leòdhas) agus Na Lochan (Leòdhas). Chan eil ach glè bheag de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an sgìrean far a bheil iad sa mhòr-chuid.

Aig an aon àm 's a tha a' Ghàidhlig a' crìonadh anns na sgìrean traidiseanta, tha i a' dol am meud mun ear 's mu dheas mar thoradh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus iomairtean a tha a' cur ri ath-bheothachadh na Gàidhlig. Airson a' chiad uair, bha barrachd luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach air a' Ghalltachd (62%) na tha a' fuireach ann an sgìrean traidiseanta na Gàidhealtachd 's nan Eilean (38%). A rèir coltais tha a' Ghàidhlig a' tilleadh gu bhith na cànan nàiseanta a-rithist.

Luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Slèite	%
1901, uile-gu-lèir	91
1901, aona-chànanach ann an Gàidhlig	10
2001, uile-gu-lèir	43
2001, 5-24 bliadhna a dh'aois	62
2011, uile-gu-lèir	39
2022, uile-gu-lèir	38.5%

Duwe, Kurt C. 2006 *Gàidhlig (Scottish Gaelic) Local Studies1: Vol. 12, An t-Eilean Sgitheanach: Port Rìgh, An Srath & Slèite*. Scotland's Census 2022.

Ann an Slèite san Eilean Sgitheanach, chithear gu bheil na h-àireamhan de luchd-labhairt air fuireach aig an aon ìre 's a bha iad ann an 2011, agus gu bheil an àireamh de dh'òigridh ann an Slèite le sgìlean Gàidhlig àrd – adhbhar gàirdeachais dha-rìribh.

Leis mar a bhruidhneadh 26% de mhuintir an Eilein Sgitheanaich air fad a' Ghàidhlig ann an 2022 (agus 38.5% ann an Slèite far a bheil Sabhal Mòr Ostaig air a shuidheachadh), tha e iomchaidh gu bheil poileasaidh làidir Gàidhlig aig a' Cholaiste 's i a' frithealadh air oileanaich às an sgìre fhèin agus à air feadh an t-saoghail, agus e san amharc aice cuideachadh a thoirt do dh'ath-bheothachadh is leudachadh a' chànan.

## EACHDRAIDH SHABHAL MÒR OSTAIG

Chaidh Sabhal Mòr Ostaig a chur air bhonn ann an 1973 leis an Ridire Iain Noble nach maireann ann an seann sabhal ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach. Goirid às dèidh dha Oighreachd Eilean Iarmain ann an ceann a tuath Shlèite a cheannach, fhuair e a-mach gun robh sealbh aige air seann sabhal cloiche ann am baile beag air an robh Ostaig, agus chuir e roimhe gun rachadh gnìomhachas ùr a stèidheachadh ann. B' e an lèirsinn a bh' aige gun togte ionad nàiseanta Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig, a' chiad ionad Gàidhlig ann an Alba bho thàinig Rioghachd nan Eilean gu crìch anns an t-siathamh linn deug. Bha ùidh aig Iain Noble ann an leasachadh eaconamach agus thug eisimpleir nan Eilean Fàrach – b' e sin, an dòigh air an deach leasachadh eaconamach a cheangal ri leasachadh cànan an sin – buaidh mhòr air. Le bhith a' stèidheachadh ionad Gàidhlig anns an sgìre, bha e an dòchas gun tigeadh piseach air eaconamaidh na Gàidhealtachd, agus na Gàidheil a' togail misneachd as ùr às a' chànan agus às a' chultar aca fhèin.



Bhon chiad latha chun an latha an-diugh, tha Sabhal Mòr Ostaig air a bhith a' sìor fhàs. Thòisich a' Cholaiste le clasaichean-oidhche is cùrsaichean goirid agus, ann an 1983, thabhainn i cùrsaichean làn-ùine HNC agus HND airson a' chiad uair. Fo iùil lèirsinn Iain Noble gum biodh Sabhal Mòr Ostaig a' dèiligeadh ri leasachadh eaconamach agus leasachadh cànan mar-aon, chaidh a' Cholaiste a chur air chois sa chiad dol-a-mach mar cholaiste ghnìomhachais, agus i a' tabhann chùrsaichean ann an gnìomhachas, leasachadh dùthchail agus dràma. Bhon fhìor thoiseach, chaidh gabhail ris gum biodh a' Cholaiste ag obair tro mheadhan na Gàidhlig mar shàr eisimpleir de ghnìomhachas a chuireadh taic ri ath-bheothachadh a' chànan.

Ann an 1993, chaidh àrainn na Colaiste a leudachadh gu mòr, agus chaidh an raon de chuspairean a bhathar a' teagasg innte a leudachadh aig a' cheart àm. B' ann air an aon bhliadhna a thòisich an Cùrsa Telebhisein (DipHE Na Meadhanan Gàidhlig san latha an-diugh), agus Sabhal Mòr Ostaig ag oideachadh ginealach ùr de luchd-craolaidh airson a bhith ag obair anns na meadhanan Gàidhlig. Eadar 1993 agus 1997, chaidh a' Cholaiste an sàs ann an iomairt Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, iomairt a thàinig gu buil le stèidheachadh oifigeil an oilthigh anns a' Ghearran 2011. Thòisich cùrsaichean BA aig a' Cholaiste ann an 1997 agus, an ath bhliadhna, chaidh àrainn ùr fhosgladh, Àrainn Chalum Chille, le trì toglaichean ùra air astar goirid bhon t-seann sabhal. Chaidh an togalach Fàs fhosgladh ann an 2008 faisg air Àrainn Chalum Chille, le oifisean, stiùidio telebhisein agus ionad cùraim-chloinne na bhroinn. 'S iad Ionad Iain Nobail agus sgeama taigheadais na Cille Bige na leasachaidhean as ùire aig a' Cholaiste. Dh'fhosgail Ionad Iain Nobail ann an 2015, le tuilleadh sheòmraichean-teagaisg agus oifisean agus le cafaidh Gàidhlig. Dh'fhosgail an dàrna ìre de thaighean-còmhnaidh na Cille Bige ann an 2024, agus thèid leudachadh air seo anns na bliadhnaichean a tha romhainn.

*... to strive for the restoration of Gaelic as the main language of the Highlands and Islands and as a second language of Scotland as a whole.*  
Bun-reachd Shabhal Mòr Ostaig, 1975

'S e ionad Gàidhlig ioma-thaobhach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, 's na h-oileanaich a' sgrùdadh iomadh cuspair eadar-dhealaichte aig gach ìre, agus tha caochladh phròiseact Gàidhlig stèidhichte am broinn na Colaiste.

Anns a' bhliadhna acadaimigich 2023/24, bha 285 oileanaich HE againn, 373 oileanaich FE, agus mu 800 neach air na Cùrsaichean Goirid agus iad ag ionnsachadh mu thaghadh farsaing de chuspairean eadar a' Ghàidhlig, ceòl traidiseanta, dannsa, dràma agus cùrsaichean a chaidh a dhèanamh a dh'aoana-ghnothach. Tha Sabhal Mòr Ostaig, mar am prìomh chom-pàirtiche airson cheumannan Gàidhlig ann an OGE, a' tabhann trì cùrsaichean BA le Urram: Gàidhlig (le cothrom ceum spèisealta a thoirt a-mach ann an Leasachadh), Gàidhlig agus Foghlam, agus Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta. A thuilleadh air sin, bithear a' tabhann dà chùrsa bogaidh aig ìre CertHE, DipHE sna Meadhanan Gàidhlig, M.Ed Foghlam Gàidhlig, M.Ranns Gàidhlig agus Ceiltis, PGDE Foghlam Bun-sgoile (Gàidhlig), PGDE Foghlam Àrd-sgoile (Gàidhlig), MSc ann an Cultar Dùthchasach agus Eachdraidh na Gàidhealtachd agus Duais Leasachaidh Phroifeiseanta ann an Eadar-theangachadh Gàidhlig. Ann an 2023/24, bha còignear oileanach a' dèanamh obair rannsachaidh airson PhD ann an Gàidhlig is Ceiltis aig a' Cholaiste.

'S e ionad rannsachaidh agus iomairt a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, cho math ri ionad foghlaim, agus tha farsaingeachd de bhuidhnean Gàidhlig stèidhichte air àrainn na Colaiste, nam measg:

- Tobar an Dualchais: buidheann a tha air iomadh mìle uair a thide de chlàran-fuaim Gàidhlig is Beurla Gallda a ghleidheadh ann an cruth didseatach, agus a bhios gan clàradh ann an catalog agus gan sgaoileadh air-loidhne;

- Faclair na Gàidhlig: buidheann a tha a' cruthachadh faclair eachdraidheil dhan Ghàidhlig;
- Ainmean-Àite na h-Alba: buidheann nàiseanta a bhios a' rannsachadh chruthan iomchaidh do dh'ainmean-àite Gàidhlig a chleachdar air mapaichean agus air soidhnichean agus eile.

## POILEASaidh CÀNAIN SHABHAL MÒR OSTAIG

Mar ionad Gàidhlig, bha poileasaidh cànain làidir a-riamh aig Sabhal Mòr Ostaig ach, an toiseach, b' e fear a bh' ann a bha ga thuigsinn le muinntir na Colaiste is nach robh sgrìobhte gu foirmeil. Mar a dh'fhàs a' Cholaiste ceum air cheum, chaidh am poileasaidh a shoilleireachadh agus a chur sìos ann an sgrìobhadh gu mionaideach, an dà chuid mar sgrìobhainn fa leth agus mar eileamaid am broinn phoileasaidhean iomchaidh eile, me am Poileasaidh Fastaidh no Cùmhnant nan Oileanach. Chaidh poileasaidh cànain na Colaiste a sgrìobhadh sìos gu coileanta a' chiad uair ann an 2003. Air an ath bhliadhna, chaidh Fo-chomataidh Brosnachaidh na Gàidhlig (BRAG) a chur air bhonn gus am poileasaidh a bhreithneachadh agus a chur an gnìomh. Ann an 2008, ge-tà, nuair a chaidh an t-Ollamh Boyd Robasdan na phrionnsapal air a' Cholaiste, stèidhich e comataidh ùr gus poileasaidh na bu mhionaidiche a sgrìobhadh, agus ghabh Bòrd Stiùiridh na Colaiste ris an eagra ùr seo ann an 2010. Chaidh seo na bhun-stèidh dhan chiad Phlana Ghàidhlig againn. Gidheadh, fhad 's a mhinicheadh am Plana Gàidhlig amasan is dleasan an mionaideach, ann an 2015 chaidh am poileasaidh fhèin a ghiorrachadh gu prìomh phrionnsapalan, agus tha e nas so-ruigsinn mar thoradh air sin.

Tha dà amas soilleir air cùl poileasaidh cànain na Colaiste: gum bithear a' tabhann foghlam ìre-oilthigh tro mheadhan na Gàidhlig, agus gum bi a' Cholaiste fhèin na h-eisimpleir de dheagh chleachdadh a thaobh leasachadh cànain mar ghnìomhachas a thèid a ruith tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh an dà amas seo gan coileanadh còmhla gus coimhearsnachd Ghàidhlig cho-obrachail thaiceil a chruthachadh, tè anns am bi a h-uile duine ag obair còmhla airson math na Gàidhlig. Leis gu bheil an dà amas seo ann – a bhith na colaiste Ghàidhlig a thèid a ruith mar ghnìomhachas Gàidhlig – tha e air leth cudromach gum bi a h-uile duine a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan nàdarra: anns a' chlas, air taobh a-muigh a' chlas, aig an obair agus gu sòisealta, air feadh àrainn na Colaiste. Tha sin a' ciallachadh gu bheil am poileasaidh cànain againn aig cridhe ar n-obrach agus gu bheil e a' togail air adhbhar-bith na Colaiste.

Tha e na adhbhar-moit do mhuinntir Shabhal Mòr Ostaig gur h-ann againne a tha am poileasaidh Gàidhlig as treasa ann an Alba. Tha Sabhal Mòr Ostaig na ghnìomhachas a tha ga ruith tro mheadhan na Gàidhlig, a' libhrigeadh sheirbheisean anns a' Ghàidhlig agus a' cruthachadh coimhearsnachd Ghàidhlig do dh'oileanaich, do luchd-obrach agus do luchd-tadhail.

Chan eil mòran bhuidhnean eile ann a nì an uimhir gus a' Ghàidhlig a chleachdadh na h-obair làitheil. A thuilleadh air a' choimhearsnachd bhig air àrainn na Colaiste fhèin, ge-tà, tha lèirsinn Shabhal Mòr Ostaig a' toirt a-steach dealbh nàiseanta agus, gu dearbh, eadar-nàiseanta. Tron phlana a tha seo, tha e mar amas do Shabhal Mòr Ostaig stiùir ùr-nodha a thoirt do shlighe na Gàidhlig an dà chuid air àrainn na Colaiste agus air feadh an t-saoghail, gus am bi a' Ghàidhlig aithnichte mar chànan làidir beothail tron 21mh linn.

## 2. ÀRD-PHRIONNSAPALAN

### ÀITE-OBACH GÀIDHLIG

*'S e àite-obrach Gàidhlig a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, agus bheir sinn a h-uile cothrom dhan luchd-obrach againn a bhith ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig air àrainn na Colaiste.*

### FOGHLAM OILTHIGH TRO MHEADHAN NA GÀIDHLIG

*Thèid a h-uile cùrsa ceuma SQA ìre 7 agus nas àirde a theagasg agus a mheasadh tro mheadhan na Gàidhlig, an dà chuid air àrainn na Colaiste agus air astar.*

### COMPANAIDHEAN PRÌOBHAIDEACH IS PRÒISEACTAN

*Thèid iarraidh air companaidhean prìobhaideach agus air pròiseactan stèidhichte aig a' Cholaiste poileasaidhean Gàidhlig a sgrìobhadh dhaibh fhèin, le àrd-amasan a thaobh ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig, a' freagairt air comasan an luchd-obrach aca.*

### 3. GEALLTANASAN A' PHLANA

#### AMASAN ÀRD-ÌRE

##### A' NEARTACHADH CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

An t-Amas Àrd-ìre	A' neartachadh àrainn na Colaiste mar choimhearsnachd Ghàidhlig anns am bi cothrom aig luchd-obrach, oileanaich agus muinntir coimhearsnachd Shlèite agus na sgìrean mu thimcheall a' Ghàidhlig aca a chleachdadh anns a h-uile suidheachadh.
An t-Amas	Gun tèid cleachdadh na Gàidhlig am meud air feadh àrainn na Colaiste.
Na tha a' tachairt an-dràsta	Thèid a' Ghàidhlig a chleachdadh leis a' mhòir-chuid de mhuinntir na Colaiste, anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean.
Leasachaidhean	Gun neartaich sinn comas agus misneachd ar luchd-obrach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gach cothrom a gheibh iad.
An Ceann-latha	Leantainneach
An Dleastanas aig	Prionnsapal na Colaiste

##### A' NEARTACHADH IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

An t-Amas Àrd-ìre	A' leudachadh air an àireimh de dh'oileanaich a bhios ag ionnsachadh na Gàidhlig tro na cùrsaichean againn an dà chuid air astar agus air àrainn na Colaiste.  A' leudachadh air an àireimh de dh'oileanaich a bhios a' coisinn cheumannan tro mheadhan na Gàidhlig an dà chuid air astar agus air àrainn na Colaiste.
An t-Amas	Gun tèid an àireamh de dh'oileanaich againn am meud gach bliadhna.
Na tha a' tachairt an-dràsta	Tha na h-àireamhan againn a' sìor dhol am meud.
Leasachaidhean	Gun tog sinn cliù acadaimigeach na Colaiste mar shàr ionad ionnsachaidh is rannsachaidh aig ìre nàiseanta is eadar-nàiseanta.
An Ceann-latha	Leantainneach
An Dleastanas aig	Prionnsapal na Colaiste

## A' CUR NA GÀIDHLIG AIR ADHART

---

An t-Amas Àrd-ìre	Ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig mar chànan nàiseanta a bhuineas dhan a h-uile duine ann an Alba.
An t-Amas	Gu bheil Sabhal Mòr Ostaig aig ceann iomairt na Gàidhlig ann an Alba mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig.
Na tha a' tachairt an-dràsta	Tha gach roinn, pròiseact is buidheann aig a' Cholaiste ag amas air maith na Gàidhlig.
Leasachaidhean	Gun cùm sinn gu daingean ri prìomh adhbhar na Colaiste: a' gleidheadh is a' neartachadh Gàidhlig ann an Alba.
An Ceann-latha	Leantainneach
An Dleastanas aig	Prionnsapal na Colaiste

## AMASAN MAR CHOLAISTE GHÀIDHLIG

### 3.1 INBHE NA GHÀIDHLIG AIG A' CHOLAISTE

Thathar ag aithneachadh cho cudromach is a tha iomhaigh Ghàidhlig do Shabhal Mòr Ostaig agus thathar ag amas air iomhaigh aon-chànanach a chuireas ri cliù na Colaiste mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig. Thathar ag obair gus sealltainn gu bheil a' Ghàidhlig comasach air seasamh leatha fhèin agus gu bheil muinntir Shabhal Mòr Ostaig – an dà chuid luchd-obrach agus oileanaich – airson a' Ghàidhlig a chleachdadh mar nì àbhaisteach ann an coimhearsnachd na Colaiste. Thathar a' cruthachadh iomhaigh dhòchasach, bhrosnachail is làidir gus sealltainn gu bheil moiteil às a' chànan againn fhèin. Thathar ag amas air soidhnichean aon-chànanach Gàidhlig a chleachdadh ach far e bheil e riatanach a rèir an lagha an dà chànan a bhith ann.

#### 3.1.1 AITHNE CHORPORRA

Amas	An suidheachadh an-dràsta	Puingean gnìomha pragtaigeach	Uallach airson seo	Ceann-latha
(a) Bidh rùn na Colaiste a' cur an cèill gu bheil Sabhal Mòr Ostaig na ionad foghlaim is na ghnìomhachas làn-Ghàidhlig, agus gur iad na prìomh chinn-uidhe againn a' bhith a' gleidheadh agus a' brosnachadh agus a' neartachadh na Gàidhlig.	Tha lèirsinn na Colaiste a' cur an cèill gur e ionad foghlaim agus gnìomhachas làn-Ghàidhlig a th' innte agus gur iad na prìomh chinn-uidhe a th' aice a bhith a' gleidheadh agus a' brosnachadh agus a' neartachadh na Gàidhlig.	A' cumail a' dol le seo agus a' cleachdadh faclan an rùin aig a h-uile cothrom.	Am Bòrd Stiùiridh	Leantainneach
(b) Bithear a' cleachdadh faclan an rùin an lùib margaidheachd is sanasachd co-cheangailte ris a' Cholaiste.	Suaicheantas na Colaiste: aon-chànanach Gàidhlig.  Cinn-litreach: tha pàipear litreach dà-chànanach ann le prìomhachas ga thoirt dhan Ghàidhlig.	A' leantainn oirnn le fiosrachadh aon-chànanach (no dà-chànanach far a bheil sin iomchaidh) agus a' dèanamh cinnteach nach bi dad a' nochdadh sa Bheurla a-mhàin.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach

<b>3.1.2 SOIDHNICHEAN</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Bidh a' Cholaiste ag obair a rèir a' phrionnsapail gum bi soidhnichean fiosrachaidh uile sa Ghàidhlig.	Tha soidhnichean fiosrachaidh bho thaobh na Colaiste uile sa Ghàidhlig.	Cumaidh sinn a' dol le seo.	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach
(b) Bidh soidhnichean a tha air an taisbeanadh anns a' Cholaiste a rèir an lagha, me cead dibhe, dà-chànanach.	Tha a' mhòr-chuid de shoidhnichean dà-chànanach.	Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh bhuidhnean oifigeil soidhnichean dà-chànanach a thoirt dhuinn no a cheadachadh.	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach
(c) A bharrachd air sanasan/postairean aig daoine bhon taobh a-muigh a nochdas air bùird-shanais àraidh anns gach togalach, cha nochd sanas no postair sam bith sa Bheurla a-mhàin.	Tha sanasan/postairean aig buidhnean bhon taobh a-muigh gu tric sa Bheurla.	Thèid buidhnean bhon taobh a-muigh a bhrosnachadh gus sanasan a thaisbeanas iad sa Cholaiste a chur ann an dreach dà-chànanach. Bidh sinn a' tabhann taic le eadar-theangachadh do dhaoine no do bhuidhnean a tha airson postairean dà-chànanach a chur suas anns a' Cholaiste.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach
(d) Bidh sanasan èiginn a' cleachdadh dhealbhan a-mhàin far am bi iad furasta an tuigsinn, no Gàidhlig agus Beurla còmhla.	Tha a' mhòr-chuid de shanasan èiginn dà-chànanach no gun fhaclan.	Cumaidh sinn a' dol le seo nuair a thèid togalach ùr a thogail agus nuair a thèid soidhnichean ath-dhèanamh.  Nì sinn sgrùdadh agus atharrachaidh sinn na soidhnichean mar as iomchaidh.	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach
e) Bidh teachdaireachdan èiginn labhairte sa Ghàidhlig no dà-chànanach mar as iomchaidh.	Tha teachdaireachdan èiginn labhairte air a bhith againn sa Ghàidhlig a-mhàin bho 2015 ann an togalach lain Nobail.	Clàraidh sinn teachdaireachdan èiginn sa Ghàidhlig no dà-chànanach a rèir prìomh luchd-cleachdaidh an togalach.	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach

### 3.2 CONALTRADH

'S i a' Ghàidhlig cànan na Colaiste agus thathar ag obair a dh'ionnsaigh ama anns am bi gach neach aig a' Cholaiste a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan làitheil àbhaisteach. 'S i àrainneachd Ghàidhlig na Colaiste a tha a' dèanamh Sabhal Mòr Ostaig sònraichte an coimeas ri ionadan foghlaim eile. Le sin, thathar a' cur ri àrainneachd ionnsachaidh bhrosnachail do dh'oileanaich, ri cothroman air cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach agus air taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg, agus thathar ag adhartachadh iomhaigh na Gàidhlig mar chànan beothail làidir san latha an-diugh.

3.2.1 CONALTRADH PEARSANTA				
Amas	An suidheachadh an-dràsta	Puingean gnìomha pragtaigeach	Uallach airson seo	Ceann-latha
(a) Bithear an dùil gun cleachd muinntir na Colaiste a' Ghàidhlig a-mhàin ri oileanaich a tha air ìre SQA 7 a ruigsinn agus ri luchd-obrach eile a rèir an comais.	Mar as trice, bidh oileanaich agus luchd-obrach a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan làitheil air àrainn na Colaiste, ach thathar ag amas air suidheachadh anns am bi gach oileanach is neach-obrach aig a' Cholaiste a' conaltradh sa Ghàidhlig a-mhàin.	Trèanadh agus brosnachadh dhan luchd-obrach a thaobh a bhith a' cuideachadh agus a' brosnachadh oileanaich le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
		A' sgaoileadh fiosrachadh bho rannsachadh leasachadh cànan dhan luchd-obrach uile.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
		Leudachadh air sgeama nan Caraidean Cànan.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
		A' deasachadh plana ionnsachaidh cànan do gach neach-obrach nach eil fileanta agus litearra.	An Ceannard Sgiobachd	Gach bliadhna anns a' Chèitean
(b) Nithear cùmhnant earbsa gach bliadhna eadar a' Cholaiste agus gach oileanach fa leth a thaobh poileasaidh cànan na Colaiste, gum bi fhios aca gum bi aca ri bhith a' cleachdadh na Gàidhlig air feadh na Colaiste agus gum	Chaidh an cùmhnant tùsail a chleachdadh bho 2011 gus an teachdaireachd a dhaingneachadh. Bidh cuid de na h-oileanaich fhathast a' bruidhinn sa Bheurla gu tric agus chan eil na comasan cànan aig a h-uile	Trèanadh gus eòlas a chur air a' phoileasaidh chànan anns an t-seachdain inntrigidh.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
		A' brosnachadh oileanaich a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig.	An Luchd-obrach air fad	Leantainneach



Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

faod dùil a bhith aca ri àrainneachd làn-Ghàidhlig air feadh na Colaiste.	neach-obrach math gu leòr airson a bhith a' còmhradh riutha sa Ghàidhlig.	A' leudachadh comasan cànanain an luchd-obrach uile gus am bi iad comasach a bhith nan deagh eisimpleir do na h-oileanaich.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
		Òraidean rannsachaidh air cuspairean co-cheangailte ri leasachadh cànanain bho eòlaichean taobh a-staigh clàr-oideachaidh nan oileanach.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
		Bidh an cuspair leasachadh cànanain na eileamaid dhen chlàr-oideachaidh aig a h-uile oileanach.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
(c) Bidh dleastanasan agus còraichean a thaobh na Gàidhlig aig gach neach aig a' Cholaiste. Tha soirbheachadh agus cliù na Colaiste mar àite Gàidhlig an urra ris a h-uile duine.	Tha a' mhòr-chuid den luchd-obrach agus de na h-oileanaich a' tuigsinn feallsanachd na Colaiste.	Soilleireachd a thaobh feallsanachd agus amas na Colaiste mus tòisich luchd-obrach no oileanaich ùra aig a' Cholaiste agus tron inntrigeadh.	Prionnsapal na Colaiste	Leantainneach
(d) Bidh cùmhnant soilleir eadar a' Cholaiste agus luchd-obrach gum bithear ag ionnsachadh na Gàidhlig gu fileantachd agus a' cleachdadh na Gàidhlig air feadh na Colaiste.	Tha cùmhnant an luchd-obrach a' mìneachadh na leanas: "S e Colaiste Ghàidhlig a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus thathar an dùil gum bi luchd-obrach ag ionnsachadh na Gàidhlig gu fileantachd agus a' cleachdadh na Gàidhlig mar an cànan làitheil."	Cumaidh sinn oirnn a' toirt na teachdaireachd seo seachad gu soilleir ann an agallamhan agus an lùib inntrigeadh luchd-obrach.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(e) Bidh a' chòir aig luchd-obrach agus oileanaich a bhith a' sùileachadh gum bi àrainneachd làn-Ghàidhlig aig a' Cholaiste.	Tha seo a' tachairt gu ìre mhòir.	A' leantail oirnn a' brosnachadh oileanaich agus luchd-obrach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànanain	Leantainneach
(f) Cha bhì a' frithealadh anns a' bhìadhlan ach luchd-obrach a bhios comasach air a' Ghàidhlig a chleachdadh ris na h-oileanaich	Tha piseach mhòr air tighinn air comasan agus tuigse an luchd-fhrithealaidh. Tha cothrom ann seo a leudachadh, ge-tà.	Comasan agus tuigse cànanain a leasachadh am measg luchd-fhrithealaidh.	Am Manaidsear Aoiigheachd	Leantainneach

Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

agus ri luchd-obrach eile.		Feallsanachd agus fiosrachadh soilleir san inntigeadh.  A' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-obrach dèonach a' Ghàidhlig a bhruidhinn.		
(g) Bidh dùil ann gun dèiligear ri muinntir na Colaiste tro mheadhan na Gàidhlig an lùib Rianachd is Riaghladh na Colaiste.	San fharsaingeachd, bidh conaltradh sam bith ri luchd-obrach tro mheadhan na Gàidhlig.	Comasan cànan an luchd-obrach a leasachadh gus am bi conaltradh na Colaiste air fad tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
	Tha poileasaidhean na Colaiste uile dà-chànanach.	Poileasaidhean ùra na Colaiste uile a chur sa Ghàidhlig (le lethbhreac dà-chànanach)	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
	Bidh Bòrd Stiùiridh na Colaiste ag obair tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin.	Buill Ghàidhlig a-mhàin a bhith againn air na comataidhean air fad.	Am Bòrd Stiùiridh	Leantainneach
	Tha pàipearan agus gearr-chunntasan bho chomataidhean na Colaiste sa Ghàidhlig a-mhàin.	Pàipearan agus gearr-chunntasan bho chomataidhean na Colaiste a sgrìobhadh sa Ghàidhlig a-mhàin.	Rùnairean Chomataidhean	Leantainneach
(h) Thèid a h-uile coinneamh taobh a-staigh na Colaiste a chumail tro mheadhan na Gàidhlig.	Thèid cuid a choinneamhan airson roinnean obrach a chumail sa Ghàidhlig ach cuid eile ann am measgachadh de Ghàidhlig agus de Bheurla no ann am Beurla a-mhàin.	Comasan cànan an luchd-obrach a leasachadh gus an gabh a h-uile coinneamh a chumail sa Ghàidhlig a-mhàin.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach

Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

	Thèid coinneamhan coitcheann an luchd-obrach a chumail sa Ghàidhlig, maille ri coinneamhan fa leth sa Bheurla.	Comasan cànan an luchd-obrach a leasachadh gus am bi e comasach dhan a h-uile duine coinneamhan an luchd-obrach a thuigsinn anns a' Ghàidhlig.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(i) Bidh Inntreigeadh nan oileanach ùra a' soilleireachadh feallsanachd poileasaidh cànan na Colaiste.	Ann am prògram na seachdain inntreigidh bithear a' cur measgachadh de thachartasan Gàidhlig agus seiseanan fiosrachaidh mu chleachdadh na Gàidhlig air dòigh.	Cumaidh sinn a' dol a' sior neartachadh tuigse nan oileanach air feallsanachd chànain na Colaiste.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach

### 3.2.2 FÀILTEACHAS

Amas	An suidheachadh an-dràsta	Puingean gnìomha pragtaigeach	Uallach airson seo	Ceann-latha
(a) Cuirear fàilte air a h-uile duine sa Ghàidhlig agus bidh taghadh aig an aoigh cumail orra sa Ghàidhlig no tionndadh gu cànan eile.	Thèid fàilte a chur air luchd-tadhail sa Ghàidhlig.	Cumaidh sinn a' dol le seo, a' toirt trèanadh do luchd-obrach ùra air mothachadh cànan agus air dòighean conaltraidh agus trèanadh dreuchdail gus an tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh sa chiad àite fad na h-ùine.	Am Manaidsear Aoigheachd	Leantainneach
(b) Bidh e follaiseach do dh'aoighean gur e àite Gàidhlig a th' ann agus gum bi fàilte romhpa an cuid Gàidhlig a chleachdadh mar a cheadaicheas na comasan aca fhèin.	Tha e follaiseach do dhaoine a tha eòlach air Sabhal Mòr Ostaig, ach chan ann daonna do dhaoine eile.	Nithear cinnteach tron a h-uile eileamaid dhen àrainneachd chànain aig a' Cholaiste gu bheil e gu tur soilleir gur e àite Gàidhlig a th' ann.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach

<b>3.2.3 FÒN</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Thèid am fòn a fhreagairt sa Ghàidhlig a-mhàin.	Bidh luchd-obrach a' freagairt prìomh fhòn na Colaiste anns a' Ghàidhlig a-mhàin agus gabhaidh dèiligeadh ri iarrtasan ann an Gàidhlig no ann am Beurla mar as iomchaidh.	Trèanadh do luchd-obrach an Ionaid-fàilte.	Am Manaidsear Aoigheachd	Leantainneach
(b) Thèid teachdaireachdan fòn dà-chànanach a chleachdadh a-mhàin.	Tha a' mhòr-chuid dhe na teachdaireachdan pearsanta dà-chànanach, ach chan eil fios a bheil teachdaireachd dhà-chànanach aig a h-uile duine.	A' dèanamh cinnteach gun tèid teachdaireachd iomchaidh (dà-chànanach no Gàidhlig) fhàgail air na fònaichean uile.	Am Manaidsear TFC	Leantainneach

<b>3.2.4 CONALTRADH SGRÌOBHTE</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(c) Tha conaltradh sgrìobhte am broinn agus taobh a-muigh na Colaiste ann an Gàidhlig, ach dà-chànanach mas e cùis èiginneach a th' ann no ma thathar a' conaltradh ri buidhinn bhon taobh a-muigh aig nach eil a' Ghàidhlig.	Thèid teachdaireachdan puist-d taobh a-staigh na Colaiste a sgaoileadh sa Ghàidhlig a-mhàin, gu dà-chànanach, no ann am Beurla a-mhàin a-rèir comasan an luchd-leughaidh.	Comasan cànan an luchd-obrach a leasachadh gus nach bi feum sam bith air conaltradh sgrìobhte dà-chànanach air taobh a-staigh na Colaiste.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(d) Nuair a thèid conaltradh sgrìobhte a sgaoileadh chun a' mhòr-shluaigh às leth na Colaiste, bidh e dà-chànanach, co-dhiù airson na ciad uarach, ach far am bithear a' conaltradh ri buidhnean Gàidhlig.	Thèid conaltradh taobh a-muigh na Colaiste a sgaoileadh sa Ghàidhlig a-mhàin, gu dà-chànanach, no ann am Beurla a-mhàin a-rèir comasan an luchd-leughaidh agus an luchd-sgrìobhaidh.	Fiosrachadh a chur gu luchd-obrach agus gu oileanaich air an stiùireadh seo.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach

Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

(e) Thèid teachdaireachdan coitcheann air post-d (a leithid Air Falbh bhon Oifis) a sgaoileadh san dà chànan, ach Gàidhlig a-mhàin san loidhne cuspair.				
---	--	--	--	--

<b>3.2.5 FOIRMICHEAN</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Bithear a’ cleachdadh Gàidhlig a-mhàin ann am foirmichean is fiosrachadh na Colaiste an lùib Rianachd na Colaiste.	Tha na foirmichean uile dà-chànanach no sa Ghàidhlig.	Ag àrdachadh sgilean litearra an luchd-obrach gus nach bi a’ Bheurla a dhìth air foirmichean.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(b) Bidh poileasaidhean agus modhan-obrach na Colaiste ann an cruth Gàidhlig a-mhàin, agus ann an cruth dà-chànanach a gheibhear air SharePoint.	Tha measgachadh ann an-dràsta de phoileasaidhean is foirmichean Gàidhlig, dà-chànanach agus Beurla a-mhàin.	Leanaidh sinn oirnn a’ tionndadh a h-uile sgrìobhainn oifigeil gu cruth Gàidhlig a-mhàin le dreachd dhà-chànanach air SharePoint.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach

<b>3.2.6 MODHAN-GEARAIN</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
Bidh cothrom aig daoine gearan a thogail sa Ghàidhlig no sa Bheurla a rèir an comasan.	Bidh seo a’ tachairt a-cheana.	Leanaidh sinn oirnn a’ dèanamh cinnteach gun urrainnear a h-uile nì a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig aig a’ Cholaiste, a’ gabhail a-steach a bhith a’ togail gearan.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach

### 3.3 LUCHD-OBACH

Mar àite-obrach làn-Ghàidhlig, tha Sabhal Mòr Ostaig ag amas air an àm nuair a bhios gach neach-obrach làn-fhileanta sa Ghàidhlig. Gus àrainneachd Ghàidhlig na Colaiste a ghleidheadh, tha e deatamach gu bheil a h-uile neach-obrach comasach is deònach a' Ghàidhlig a chleachdadh fad na h-ùine nan obair. Cuideachd, mar dhaoine a tha ag obair ann an gnìomhachas Gàidhlig, tha còir aig ar luchd-obrach air fad air ionnsachadh Gàidhlig èifeachdach is dían a bheir gu fileantas gu luath iad gus an urrainn dhaibh làn-phàirt a ghabhail ann am beatha-obrach na Colaiste.

<b>3.3.1 IONNSACHADH GÀIDHLIG AN LUCHD-OBACH</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Gun tuig a h-uile neach-obrach gu bheil a' sùileachadh gun ionnsaich iad Gàidhlig gu fileantas agus gun cleachd iad a' Ghàidhlig fad na h-ùine aig a' Cholaiste.	Bidh sinn a' soilleireachadh amasan na Colaiste mus tòisich neach aig a' Cholaiste agus ann am measaidhean-obrach bliadhna.	Leanaidh sinn oirnn le seo.	Ceannardan Roinne	Leantainneach
(b) Gun ruig a h-uile neach-obrach fileantas agus litearras anns a' Ghàidhlig gu luath an dèidh dhaibh tòiseachadh aig a' Cholaiste mur h-eil iad làn-chomasach mar-thà.	Ri linn Covid, tha am prògram-ionnsachaidh Gàidhlig do luchd-obrach air fàs neo-chunbhalach.	Nithear in-sgrùdadh cànanach air na comasan Gàidhlig aig an luchd-obrach nach eil fileanta.	Ceannardan Roinne	Gach bliadhna sa Chèitean
		Cruthaichear plana ionnsachaidh cànan do gach neach-obrach nach eil fileanta stèidhichte air an in-sgrùdadh cànanach aca.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Gach bliadhna sa Chèitean
		Thèid adhartas an luchd-obrach mu choinneimh nam planaichean ionnsachaidh aca a mheasadh gu cunbhalach agus taic a bharrachd a thoirt dhaibh ma tha iad a' strì.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Gach trì mìosan.

Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

<p>(c) Gu bitheanta, gun cleachdar cùrsaichean na Colaiste, gu sònraichte an Cùrsa Inntigidh agus an Cùrsa Adhartais, gus Gàidhlig a thoirt dhan luchd-obrach againn.</p>	<p>Chan eil sinn a' cleachdadh cùrsaichean soirbheachail na Colaiste gus Gàidhlig a thoirt dhan luchd-obrach againn mar a bu chòir fhathast.</p>	<p>Thèid luchd-obrach nach eil fileanta a bhrosnachadh gus clàradh air a' Chùrsa Inntigidh agus air a' Chùrsa Adhartais.</p> <p>Gheibh luchd-obrach àiteachan air na cùrsaichean seo air £50 gach earrann, a gheibh iad air ais nuair a chuireas iad crìoch shoirbheachail air an earrainn ud.</p> <p>Gheibh iad dà uair a thide de dh'ùine ionnsachaidh pàighte gach seachdain rè nan uairean obrach aca.</p>	<p>Am Manaidsear Poileasaidh Cànain</p>	<p>Leantainneach</p>
<p>(d) Ma chuirear clasaichean air dòigh dhan luchd-obrach, bidh iad a' leantainn clàr-teagaisg eagraichte, rianail a bheir an luchd-obrach gu fileantas gu luath.</p>	<p>Chan eil clasaichean do luchd-obrach againn an-dràsta a tha air an dealbhadh gus an toirt gu fileantas ann an ùine reusanta.</p>	<p>A' dealbhadh cùrsa ùr stèidhichte air a' Chùrsa Inntigidh airson a libhrigeadh aghaidh-ri-aghaidh a ghabhas cleachdadh airson chlasaichean san àite-obrach, dà uair a thide gach seachdain.</p>	<p>Am Manaidsear Poileasaidh Cànain</p>	<p>Leantainneach</p>
		<p>Thèid na clasaichean ffighe a-steach dhan chlàr-ama gus nach caill luchd-obrach clas sam bith.</p> <p>Nithear cinnteach gu bheil luchd-obrach gu leòr anns gach roinn gus am bi cothrom aig a h-uile neach clasaichean a fhrithealadh mar a tha còir aca.</p>	<p>Ceannardan Roinne</p>	<p>Leantainneach</p>

## Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

(e) Gheibh luchd-obrach cothrom air dà chùrsa goirid Gàidhlig gun chosgais gach bliadhna gun bhuaidh air na saor-làithean aca.	Chan eil e soilleir a bheil fios aig an luchd-obrach uile gu bheil an cothrom seo ann.	Nithear cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail air a' chothrom seo.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach
(f) Bidh adhartas anns a' Ghàidhlig mar phàirt de na measaidhean-obrach bliadhna.	Bha cuideam air adhartas anns a' Ghàidhlig anns na measaidhean-obrach bliadhna, ach ann an corra shuidheachadh, thuit am poileasaidh seo à cleachdadh ri linn Covid.	Thèid prìomhachas a chur air adhartas sa chànan dhan luchd-obrach nach eil fileanta fhathast.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(g) Neach-obrach sam bith a bhios airson modal a dhèanamh, bidh aca ri sùim airgid a phàigheadh (£50) a gheibhear air ais an dèidh dhaibh na measaidhean a dhèanamh.	Bha sinn soirbheachail leis an sgeama seo a-cheana.	Leanaidh sinn oirnn a' sanasachd a' chothruim seo dhan luchd-obrach.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(h) Bidh cothrom aig suas ri dithis luchd-obrach gach bliadhna an Cùrsa Comais a dhèanamh air làn thuarastal.	Tha luchd-obrach air a bhith air a' Chùrsa Chomais, agus rinn iad adhartas math.	Nithear cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail air a' chothrom seo.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach
(i) Bidh sinn a' leudachadh an sgeama, caraidean cànain.	Tha caraidean cànain aig cuid mhath de dh'oileanaich agus den luchd-obrach.	Gheibh gach neach-obrach brosnachadh cunbhalach gus caraid-cànain fhaighinn.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach

### 3.3.2 TRÈANADH

Amas	An suidheachadh an-dràsta	Puingean gnìomha pragtaigeach	Uallach airson seo	Ceann-latha
(a) Bidh a' Cholaiste a' tabhann trèanadh sa Cholaiste tro mheadhan na Gàidhlig far a bheil e comasach neach-trèanaidh le Gàidhlig fhaighinn.	Bidh sinn a' feuchainn ri trèanadh riatanach luchd-obrach a libhrigeadh san dà chànan taobh a-staigh na Colaiste.	A' feuchainn ri barrachd luchd-trèanaidh Gàidhlig fhaighinn.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(b) Mura faighear lorg air cuideigin	Tha sinn air a bhith soirbheachail	Trèanadh air mar a libhrigear	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach



Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

bho thaobh a-muigh na Colaiste a nì cùrsa trèanaidh tro mheadhan na Gàidhlig, bheir a' Cholaiste trèanadh do dhuine/daoine sa Cholaiste fhèin gus an cùrsa a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig air an dàrna turas ma tha sin comasach a thaobh cuspair.	cuid dhen trèanadh a thabhann sa Ghàidhlig anns an dòigh seo mar-thà.	trèanadh dreuchdail tro mheadhan na Gàidhlig airson dithis no triùir den luchd-obrach airson a h-uile seòrsa trèanaidh far a bheil seo comasach.		
--	---	--	--	--

<b>3.3.3 CEANNAS</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) A thaobh feallsanachd is poileasaidh cànan na Colaiste, bidh dùil ri stiùireadh làidir bho Phrionnsapal, Stiùirichean agus Ceannardan Roinne na Colaiste.	Tha Prionnsapal, Stiùirichean agus Ceannardan Roinne na Colaiste a' leantainn feallsanachd is poileasaidh cànan na Colaiste agus gan taisbeanadh gu follaiseach dhan luchd-obrach agus do na h-oileanaich.	Cumaidh sinn a' dol le seo gu cunbhalach agus gu moiteil.	Prionnsapal na Colaiste	Leantainneach
(b) Coinnichidh am Prionnsapal ris a' Mhanaidsear Phoileasaidh Chànain gach trì mìosan aig a' char as lugha gus suidheachadh na Gàidhlig sa Cholaiste a mheas.	Bha seo a' tachairt ro Chovid, agus tha e air a bhith glè fheumail.	A' cumail a' dol le seo.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
(c) Coinnichidh Ceannardan Roinne ris a' Mhanaidsear Phoileasaidh Chànain gach trì mìosan aig a' char as lugha gus suidheachadh na Gàidhlig sna roinnean aca fhèin a mheas agus plana gnìomha a chur ri chèile.	Bha seo a' tachairt ro Chovid, agus tha e air a bhith glè fheumail.	A' cumail a' dol le seo.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
(d) Coinnichidh Riochdairean Comann nan Oileanach ris a' Mhanaidsear Phoileasaidh Chànain	Bha seo a' tachairt ro Chovid, agus tha e air a bhith glè fheumail.	A' cumail a' dol le seo.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach

Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

trì tursan gach seimeastar aig a' char as lugha gus suidheachadh na Gàidhlig am measg nan oileanach a mheas agus plana gnìomha a chur ri chèile.				
--	--	--	--	--

<b>3.3.4 FASTADH</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Cuirear poileasaidh fastaidh ri chèile ach am bi a' Cholaiste ag amas air àm nuair a bhios (i) a' Ghàidhlig aig a h-uile neach-obrach aig a' Cholaiste agus (ii) sgilean Gàidhlig aig luchd-obrach mus tòisich iad aig a' Cholaiste.	Ged a tha sinn ag iarraidh a' Ghàidhlig a bhith aig gach neach-obrach, tha e air a bhith a' sìor fhàs nas duilghe tagraichean leis na sgilean iomchaidh a lorg.	Leanaidh sinn oirnn a' feuchainn ri luchd-obrach fileanta fhastadh mar am prìomhachas as àirde againn agus sinn a' fàgail cuid de dhreuchdan bàn greis ma dh'fheumas sinn.	Ceannardan Roinne	Leantainneach
(b) Thèid coimhead air a' phoileasaidh thuarastalan, feuch an urrainn dhan Cholaiste adhartas ann an sgilean is cleachdadh na Gàidhlig aithneachadh ann an ìrean tuarastail.	Gu ruige seo, chan eil adhartas sa Ghàidhlig air a bhith ceangailte ri ìrean àrdachaidh airson tuarastail, mar a tha sgilean eile.	Thèid ìre na Gàidhlig agus adhartas le sgilean Gàidhlig a mheas mar sgil obrach sam bith eile agus thèid sgrùdadh a dhèanamh feuch an gabh sgilean is adhartas a cheangal ri ìrean àrdachaidh airson tuarastail.	An Ceannard Sgiobachd	2025
(c) Mura cleachd neach-obrach a' Ghàidhlig air àrainn na Colaiste gheibh iad tuilleadh brosnachaidh agus bheirear feallsanachd na colaiste fan comhair.	Tha sinn a' brosnachadh gach neach-obrach gus Gàidhlig a chleachdadh cho math 's as urrainn dhaibh.	Bheirear misneachd dhan luchd-obrach agus cuirear air dòigh plana ionnsachaidh pearsanta gus cleachdadh na Gàidhlig àrdachadh.	Ceannardan Roinne	Leantainneach

<b>3.3.5 SANASACHD</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Bidh margaidheachd is sanasachd ceangailte ris a' Cholaiste a' cumail ri poileasaidh cànan na Colaiste, agus a' sanasachd àrainneachd Ghàidhlig na Colaiste mar phrìomh neart is bunait na Colaiste.	Thathar a' cur cuideam air ar n-àrainneachd làn-Ghàidhlig nuair a thathar a' tadhal air sgoiltean/buidhnean.	Cumaidh sinn a' dol le seo.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
	Tha stuthan fiosrachaidh a gheibh oileanaich mus tig iad dhan Cholaiste a' soilleireachadh gu bheil cuideam ga chur air cleachdadh na Gàidhlig sa Cholaiste.	Cumaidh sinn a' dol le seo.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
(b) Sgaoilear fios air feallsanachd poileasaidh cànan na Colaiste am broinn na Colaiste fhèin air feadh na bliadhna.	Bhon a' chiad chonaltradh againn le tagraichean, chun na seachdain-inntrigidh, agus tron bhliadhna air fad, thèid feallsanachd shònraichte na Colaiste a shoilleireachadh dha na h-oileanaich.	Cumaidh sinn a' dol le seo.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
(c) Cumaidh a' Cholaiste ris a' phrionnsapal gum bu chòir do shanasachd sna pàipearan is eile a bhith sa Ghàidhlig, no dà-chànanach, a rèir feuma.	Tha seo a' tachairt a-cheana.	A' cumail a' dol le seo.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
(d) Thèid obraichean a shanasachadh sa Ghàidhlig a-mhàin, ach sanasan airson obair ann an Roinn na h-Aoigheachd a bhios dà-chànanach.	Seo an cleachdadh againn an-dràsta.	Cumaidh sinn a' dol le seo.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach

### 3.4 FOILLSEACHAIDHEAN

Thathar mothachail air cho cudromach 's a tha e gu bheil a' Ghàidhlig follaiseach ann an stuthan foillsichte agus gum bi na cothroman agus a' Ghàidhlig fhaicinn ann an leithid a stuthan a' dol am meud. Le foillseachaidhean sa Ghàidhlig, tha sinn airson inbhe a' chànain a thogail agus cothrom a thoirt do dhaoine tionndaidhean Gàidhlig a chleachdadh gu làitheil.

3.4.1 DÀIMH PHOBLACH AGUS NA MEADHANAN				
Amas	An suidheachadh an-dràsta	Puingean gnìomha pragtaigeach	Uallach airson seo	Ceann-latha
Bithear an dùil gum bi Sabhal Mòr Ostaig aithnichte mar Ionad Nàiseanta Cànan agus Cultar na Gàidhlig agus gun tèid iomhaigh na Colaiste àrdachadh an dà chuid am measg luchd-labhairt na Gàidhlig agus chànanan eile.	Thathar a' sgaoileadh fios air feallsanachd, amasan agus goireasan na Colaiste air feadh na dùthcha.	Cumaidh sinn a' dol le sin.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
	Bheirear trèanadh do luchd-obrach na Colaiste ann a bhith a' dèiligeadh ris na meadhanan.	Cumaidh sinn a' dol le sin.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
	Barrachd naidheachdan mun Cholaiste sna pàipearan-naidheachd agus sna meadhanan didseatach.	Cumaidh sinn a' dol le sin.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach

3.4.2 STUTHAN CLÒ-BHUILTE				
Amas	An suidheachadh an-dràsta	Puingean gnìomha pragtaigeach	Uallach airson seo	Ceann-latha
Cuiridh stuthan clò-bhuailte agus didseatach ri cliù na Colaiste agus iad a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' sanasachd agus a' sgaoileadh fios sa Ghàidhlig.	Tha sanasan, bileagan fiosrachaidh, brathan-naidheachd, bhideothan agus puist air na meadhanan didseatach a' dol a-mach mar-thà.	A' cumail a' dol le seo, ga leudachadh far a bheil e iomchaidh.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach

<b>3.4.3 AN LÀRACH-LÌN IS NA MEADHANAN SÒISEALTA</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Air làrach-lìn na Colaiste, thèid feallsanachd na Colaiste a thaisbeanadh do dh'oileanaich agus do luchd-tadhail mar Ionad Nàiseanta Cànan agus Cultar na Gàidhlig dha bheil e mar phrìomh amas a bhith a' gleidheadh agus a' cur na Gàidhlig air adhart.	Tha làrach-lìn na Colaiste dà-chànanach, a' Ghàidhlig a' nochdadh an toiseach, no sa Ghàidhlig a-mhàin far a bheil seo iomchaidh.  Bidh fiosrachadh, naidheachdan ùra agus tachartasan a' dol suas air an làraich-lìn.	A' cumail a' dol le seo, a' dèanamh leasachaidhean far am bi feum air sin.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
(b) Air na meadhanan sòisealta thèid feallsanachd na Colaiste a thaisbeanadh gu brosnachail agus gu moiteil.	Thèid brathan air na meadhanan sòisealta a sgrìobhadh gu dà-chànanach no far a bheil e iomchaidh sa Ghàidhlig a-mhàin.	Cumaidh sinn a' dol le seo.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
(c) Seallaidh sinn deagh eisimpleir de chunbhalachd sa Ghàidhlig le bhith a' sgrìobhadh susbaint air an làraich-lìn agus bhrathan air na meadhanan sòisealta a rèir GOC, a' dearbhadh gu bheil iad ceart a rèir gràmair agus litreachaidh.	Thèid brathan air na meadhanan sòisealta a dhearbhadh mus tèid an cur suas.	Leanaidh sinn oirnn le seo.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
(d) Thèid brathan air duilleagan poblach nam meadhanan sòisealta, le Comann nan Oileanach agus Comann nan Ceumnaichean a sgrìobhadh ann an Gàidhlig a-mhàin.	Seo an cleachdadh an-dràsta.	Leanaidh sinn oirnn le seo.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach

<b>3.4.4 CLÒ OSTAIG</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
Bidh Clò Ostaig na chlà Gàidhlig airson stuthan acadaimigeach. Bidh foillseachaidhean Gàidhlig a' toirt a-steach measgachadh de stuth Gàidhlig is Beurla air uairean, mar a bhitheadh airson phàipearan co-labhairt, mar eisimpleir.	Seo an cleachdadh an-dràsta.	Thèid Clò Ostaig ath-neartachadh rè beatha a' phana seo.	An Ceannard Rannsachaidh	Leantainneach

### 3.5 LUCHD-TADHAIL

Tha goireasan Shabhal Mòr Ostaig tarraingeach do bhuidhnean bho air feadh an t-saoghail gus co-labhairtean a chumail ann, ealain a thaisbeanadh no cùrsaichean a fhrithealadh. Chan ann dìreach ceangailte ris a' Ghàidhlig a bhios gach buidheann, agus bithear a' gabhail a' chothruim air a' Ghàidhlig a dhèanamh follaiseach agus tarraingeach do bhuidhnean mar sin. A bharrachd air sin, thathar airson àrainneachd bhrosnachail a chruthachadh do luchd-ionnsachaidh a thig dhan Cholaiste gu cùrsaichean goirid ge b' e an e cùrsa Gàidhlig no cùrsa eile a bhios iad a' frithealadh.

<b>3.5.1 CÙRSAICHEAN GOIRID</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Bidh cùrsaichean goirid a' togail aire an luchd-oide agus nan oileanach a thaobh mothachadh agus leasachadh cànan fhad 's a bhios iad aig a' Cholaiste, a bharrachd air ionnsachadh cànan.	Bidh luchd-ionnsachaidh air cùrsaichean goirid Gàidhlig a' sùileachadh gum bi àrainneachd ionnsachaidh Ghàidhlig ann mar as trice, agus bidh feadhainn air cùrsaichean eile (me ceòl) a' sùileachadh gum bi àrainneachd ionnsachaidh Bheurla ann mar as trice.	Nì sinn cinnteach gum faigh oileanaich air cùrsaichean ciùil is eile cothrom air beagan ionnsachadh mun Ghàidhlig fhad 's a tha iad ann.	Manaidsear nan Cùrsaichean Goirid	Leantainneach

Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

	Bidh sinn a’ soilleireachadh suidheachadh agus feallsanachd na Colaiste do mhuinntir nan cùrsaichean goirid gu moiteil agus ann an dòigh in-ghabhalach, le bileagan fiosrachaidh ro-làimh agus seisean inntrigidh mus tòisich na cùrsaichean.	A’ cumail a’ dol le seo.	Manaidsear nan Cùrsaichean Goirid	Leantainneach
	Seisean ‘Cuiribh Eòlas air a’ Ghàidhlig’ air oidhche tron t-seachdain.	A’ cumail a’ dol le seo.	Manaidsear nan Cùrsaichean Goirid	Leantainneach
	Thèid seiseanan cànan a chur air dòigh ma bhios na h-oileanaich gan iarraidh.	Seisean cànan/cainnt (cothrom gus blasad fhaighinn air a’ Ghàidhlig far a bheil ceòl mar phàirt dhen t-seisean) aig àm lòn/air an oidhche dhan fheadhainn aig a bheil ùidh.	Manaidsear nan Cùrsaichean Goirid	Leantainneach

<b>3.5.2 CO-LABHAIRTEAN</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Thèid a dhèanamh soilleir do dhuine no do bhuidhinn sam bith, a thig a chleachdadh goireasan na Colaiste, gur e àite làn-Ghàidhlig a th’ anns a’ Cholaiste.	Bidh sinn a’ soilleireachadh suidheachadh is feallsanachd na Colaiste do mhuinntir nan co-labhairtean gu moiteil agus ann an dòigh in-ghabhalach, le bileagan fiosrachaidh ro-làimh agus nuair a bhruidhneas sinn riutha sa chiad dol a-mach.	Brosnaichidh sinn buidhnean gus seisean cànan no mothachadh cànan a chur anns a’ phrògram aca mus nochd iad.	Am Manaidsear Aoigheachd	Leantainneach
(b) Thèid tachartasan aig buidhnean agus luchd-tadhail bho thaobh a-muigh na Colaiste a shanasachadh agus a thaisbeanadh anns a’ Cholaiste fhèin tron Ghàidhlig, aig a’ char as	Cleachdaidh cuid de bhuidhnean soidhnichean dà-chànanach.	Bithear a’ brosnachadh bhuidhnean aig a’ chiad choinneimh gus soidhnichean co-dhiù dà-chànanach a chleachdadh airson nan tachartasan aca.	Am Manaidsear Aoigheachd	Leantainneach

Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

Iugha le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig os cionn no ri taobh na Beurla ann an sanasan, bileagan fiosrachaidh, clàran-bidhe agus eile a thèid a sgaoileadh anns a' Cholaiste.		Bheirear eadar-theangachadh dhaibh ma bhios sin a dhith.	Am Manaidsear Aoigheachd	Leantainneach
		Ullaichidh an luchd-fàilteachaidh soidhnichean (sealach) sam bith dhaibh a bhios a dhith airson sheòmraichean, thachartasan.	An Sgioba-fàilteachaidh	Leantainneach
(c) Gheibh buidhnean de luchd-turais a bhios a' tadhal air a' Cholaiste fiosrachadh mu dhiofar chuspairean ceangailte ris a' Ghàidhlig mar phàirt den chuairt aca.	Gheibh busaichean luchd-turais cuairt timcheall air a' Cholaiste agus fiosrachadh farsaing mun chànan.	Leanaidh sinn oirnn le seo.	Am Manaidsear Aoigheachd	Leantainneach

### 3.5.3 TAISBEANADHEAN EALAIN

Amas	An suidheachadh an-dràsta	Puingean gnìomha pragtaigeach	Uallach airson seo	Ceann-latha
Bidh gach taisbeanadh ealain sa Cholaiste a rèir feallsanachd na Colaiste.	Tha fiosrachadh mun taisbeanadh dà-chànanach no ann an Gàidhlig a-mhàin mar as iomchaidh.	Cumaidh sinn a' dol le sin.	Stiùiriche Leasachaidh nan Ealain	Leantainneach



### 3.6 DEALBHADH CÀNAIN

Mar Ionad Nàiseanta Cànan agus Cultar na Gàidhlig, tha dleastanas aig a' Cholaiste a bhith a' cur leasachaidhean sa Ghàidhlig air adhart. Bidh leasachaidhean air àrainn na Colaiste fhèin a' gabhail a-steach leasachadh cànan. A bharrachd air sin, tha uallach air a' Cholaiste a bhith ag obair còmhla ri buidhnean eile ann an Alba gus leasachaidhean cànan a chur air adhart aig ìre nàiseanta.

<b>3.6.1 LEASACHAIDHEAN</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Thèid Manaidsear Poileasaidh Cànan fhadth aig a' Cholaiste.	Ri linn suidheachadh an ionmhais, tha a' Cholaiste às aonais oifigeir leasachaidh Gàidhlig.	Bithear a' sireadh maoineachaidh airson na dreuchd Manaidsear Poileasaidh Cànan.	Prionnsapal na Colaiste	Leantainneach
(a) Bhon fhìor thoiseach, bidh dealbhadh cànan (a' gabhail a-steach ionnsachadh, cleachdadh, inbhe agus corpas) mar phàirt de phlanaichean a thaobh leasachaidh, atharrachaidh no leudachaidh sam bith ann an goireasan, àrainn no oighreachd na Colaiste.	Tha adhartas na Gàidhlig na prìomh amas aig a' Cholaiste agus thèid buaidh air a' Ghàidhlig a mheas gach turas a thèid beachdachadh air leasachadh sam bith.	A' cumail fios ris a' Mhanaidsear Phoileasaidh Chànain mu leasachadh sam bith aig an ìre as tràithe.	Stiùiriche Leasachaidh is nan Ealain	Leantainneach
	Bithear a' sireadh comhairle bho eòlaichean iomchaidh air buaidh nan leasachaidhean agus fuasglaidhean gus am bi pròiseactan a' sìor bhrosnachadh na Gàidhlig.	Cumaidh sinn a' dol le seo a' sireadh comhairle bho na h-eòlaichean againn fhìn agus feadhainn eadar-nàiseanta.	Stiùiriche Leasachaidh is nan Ealain	Leantainneach
	Cumar seisean fiosrachaidh airson oileanaich is luchd-obrach, a' mineachadh adhartais ann am pròiseactan.	Cumaidh sinn a' dol le seo agus gabhar ealla ri beachdan is molaidhean bhuapa.	Stiùiriche Leasachaidh is nan Ealain/Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach
	Sgrìobhaidh sinn poileasaidh cànan àraidh do leasachadh sam bith mar cheum tràth anns a' phròiseas dhealbhadh.	Gach turas a thèid leasachadh ùr a mholadh, sgrìobhar poileasaidh cànan àraidh airson an leasachaidh, a' toirt fa-near do mar a bhios an togalach, an luchd-cleachdaidh, an luchd-obrach agus an suidheachadh a'	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach

		toirt buaidh air àrainn na Colaiste bho thaobh cànan.		
	Thèid ainmean Gàidhlig thogalaichean is sheòmraichean a mholadh le oileanaich is luchd-obrach ach a thaghadh leis a' Bhuidhinn Stiùiridh.	Thèid cruth agus litreachadh a dhearbhadh le eòlaichean a leithid Ainmean-Àite na h-Alba, mar as iomchaidh.	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach
	Cumaidh sinn maith na Gàidhlig aig cridhe gach leasachadh anns a' Chill Bhig.	Nithear cinnteach nach dèan na leasachaidhean anns a' Chill Bhig cron air àrainneachd Ghàidhlig na Colaiste.	Stiùiriche Leasachaidh agus nan Ealain	Leantainneach
	Bithear a' meas na buaidhe air a' Ghàidhlig gach turas a thèid cùrsa a dhealbhadh no atharrachadh.	Cumaidh sinn oirnn a' teagasg chùrsaichean tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin rè na bliadhna acadaimigich agus cùrsaichean ceangailte ri cànan is cultar nan Gàidheal rè an t-samhraidh.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach

<b>3.6.2 AN SAOGHAL A-MUIGH</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
Bidh Bòrd Stiùiridh na Colaiste a' togail inbhe na Gàidhlig gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.	Nithear obair choiteachaidh aig ìre nàiseanta airson fàs is feabhas na Gàidhlig.	Leanaidh sinn oirnn a' togail ar guthan agus a' cur taic ris a' Ghàidhlig anns an raon phoilitigeach.	Am Bòrd Stiùiridh	Leantainneach
	Bidh sinn a' neartachadh agus a' foillseachadh obair na Colaiste mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig agus mar dheagh eisimpleir de dh'iomairt mhion-chànain air feadh an t-saoghail.	Cumaidh sinn a' dol le seo.	Am Bòrd Stiùiridh	Leantainneach

<b>3.6.3 STIÙIREADH AIR DEALBHADH CÀNAIN</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
Bidh a h-uile ceannard roinne ag obair air leasachadh agus neartachadh na Gàidhlig anns na roinnean aca fhèin mar phàirt làitheil, chudromach dhen dreuchd aca.	Tha seo a' tachairt aig gach ìre, agus tha e cudromach gun cùm sinn a' dol leis.	Cuiridh sinn trèanadh air dòigh air dealbhadh cànain agus brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig dha na ceannardan againn.  Thèid manaidsearan agus luchd-obrach iomchaidh a bhrosnachadh gus modalan poileasaidh agus leasachadh cànain a dhèanamh.	Am Bòrd Stiùiridh	Leantainneach

<b>3.6.4 BUIDHNEAN CO-CHEANGAILTE RI SABHAL MÒR OSTAIG</b>				
<b>Amas</b>	<b>An suidheachadh an-dràsta</b>	<b>Puingean gnìomha pragtaigeach</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
Bidh dùil gum bi buidhnean co-cheangailte ris a' Cholaiste a' gabhail ri poileasaidh cànain na Colaiste agus gum bi gach buidheann a' cruthachadh poileasaidh cànain dhaibh fhèin (le taic bhon Mhanaidsear Phoileasaidh Chànain). Mar phàirt de phoileasaidh gach buidhne, bidh dùil gum bi dleastanas fa leth aig luchd-obrach gum bruidhinn iad a' Ghàidhlig, ma bhios i idir aca, air neo gun ionnsaich iad i, mura bi.	Tha buidhnean co-cheangailte ris a' Cholaiste, me ma tha oifisean aca air mhàl an seo, a' gabhail ri poileasaidh cànain na Colaiste. Mus fhaigh buidheann cùmhnant màil, gheibh iad fiosrachadh mu fheallsanachd agus poileasaidh cànain SMO, agus tuigidh iad na dleastanasan aca.	Cumaidh sinn a' dol le seo.	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach
	Bidh am Manaidsear Poileasaidh Cànain a' toirt taic dhaibh gus poileasaidh cànain a sgrìobhadh a bheir taic dhan Ghàidhlig san àite-obrach agus anns na raointean obrach aca mar as iomchaidh.	Cumaidh sinn a' dol le seo.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach

Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

	Bheir am Manaidsear Poileasaidh Cànan fiosrachadh dhaibh mu chothroman ionnsachaidh eile.	Cumaidh sinn a' dol le seo	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
	Tha cothrom aig luchd-obrach nam buidhnean pàirt a ghabhail anns an sgeama caraidean-cànan.	Cumaidh sinn a' dol le seo	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach

### 3.6.5 RANNSACHADH

Amas	An suidheachadh an-dràsta	Puingean gnìomha pragtaigeach	Uallach airson seo	Ceann-latha
(a) Bheirear comhairle seachad air agus nithear measadh air obair rannsachaidh nan oileanach fo-cheuma tro mheadhan na Gàidhlig.	Thèid tràchdasan fo-cheuma a sgrìobhadh agus a mheasadh anns a' Ghàidhlig daonnan.	Cumaidh sinn a' dol le seo.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
(b) Bheirear comhairle seachad air agus nithear measadh air rannsachadh for-cheuma tro mheadhan na Gàidhlig.	Thèid a' mhòr-chuid dhe na tràchdasan maighstireachd is PhD a sgrìobhadh agus a mheasadh anns a' Ghàidhlig.	Cuiridh sinn ris na cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a thèid a thabhann do dh'oileanaich fhor-cheuma gus an urrainn dhaibh uile na tràchdasan aca a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig.	An Ceannard Rannsachaidh	Leantainneach
(c) Bidh oileanaich rannsachaidh for-cheuma a' cleachdadh na Gàidhlig air àrainn na Colaiste mar oileanach sam bith eile.	'S e seo an cleachdadh an-dràsta.	Cumaidh sinn a' dol le seo.	An Ceannard Rannsachaidh	Leantainneach

### 3.7 IONNSACHADH CÀNAIN

Gus an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh, tha e air leth cudromach gu bheil a' sior chruthachadh barrachd chothroman ionnsachaidh Gàidhlig aig a h-uile ìre, a' gabhail a-steach ionnsachadh san dachaigh, ionnsachadh anns an sgoil agus ionnsachadh inbheach. Mar am prìomh àite ionnsachaidh Ghàidhlig anns an t-saoghal, bidh Sabhal Mòr Ostaig air ceann na h-iomairt seo agus a' brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig bho ìre thòiseachaidh chun nan ìrean as àirde.

<b>3.7.1 ANNS AN DACHAIGH</b>			
<b>Amas</b>	<b>Gnìomh</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) A' brosnachadh dhaoine òga gus Gàidhlig a chleachdadh gu sòisealta.	A' tabhann thachartasan sòisealta tro mheadhan na Gàidhlig, agus a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig gu sòisealta.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach
(b) A' brosnachadh dhaoine òga gus Gàidhlig a thaghadh mar chànan an teaghlach agus, le sin, ag àrdachadh na h-àireimh de chloinn a thogas a' Ghàidhlig san dachaigh.	A' tarraing aire barrachd dhaoine gu cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig san dachaigh.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
(c) A' meudachadh na h-àireimh de luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a bhios a' fàs fileanta.	Ag àrdachadh àireamh nan oileanach air a' Chùrsa Chomais/a' Chùrsa Adhartais agus ìrean nas àirde.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
(d) A' tabhann cùram-chloinne Gàidhlig.	A' cumail taic ris an ionad chùraim-chloinne Ghàidhlig le seirbheisean ionmhais agus leasachadh cànain dhan luchd-obrach gus am bi e nas saoire dhan luchd-chleachdaidh.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(e) A' brosnachadh inbhich gus Gàidhlig a bhruidhinn san teaghlach.	A' cur an cèill do dhaoine cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig san dachaigh taobh a-staigh a' churraicealaim agus taobh a-muigh a' churraicealaim.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
(f) A' cur ris an fhiosrachadh a th' ann air Gàidhlig san dachaigh agus cho cudromach 's a tha sin.	A' brosnachadh rannsachadh air Gàidhlig anns an dachaigh.	An Ceannard Rannsachaidh	Leantainneach
(g) Ag àrdachadh àireamh nan dachaighean Gàidhlig an lùib leasachadh na Cille Bige.	A' planadh airson buaidh gach leasachaidh air a' Ghàidhlig agus a' cruthachadh phoileasaidhean a chuireas taic ri cleachdadh na Gàidhlig anns na dachaighean.	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach

<b>3.7.2 FOGHLAM</b>			
<b>Amas</b>	<b>Gnìomh</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) A' toirt àireamh de dh'oileanaich gu fileantachd gach bliadhna.	A' sior àrdachadh àireamh nan oileanach air a' Chùrsa Inntigidh, a' Chùrsa Chomais agus a' Chùrsa Adhartais, agus na h-irean nas àirde.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
(b) Ag àrdachadh na h-àireimh de sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig na h-irean ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile.	A' sior àrdachadh àireamh nan oileanach air na cùrsaichean teagaisg againn.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
(c) A' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach againn a bhios comasach an cuid obrach a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig agus seirbheisean a thoirt seachad dhan mhòr-shluagh sa Ghàidhlig.	A' tabhann foghlam Gàidhlig aig gach ìre dhan luchd-obrach againn.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(d) A' cruthachadh barrachd chùrsaichean dreuchdail tro mheadhan na Gàidhlig.	Nuair a bhios maoinachadh iomchaidh ri fhaotainn, leudaichidh sinn air na cùrsaichean preantasachd a bhios sinn a' tabhann.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
(e) A' cruthachadh cùrsa teagaisg anns na tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig.	Nuair a bhios maoinachadh iomchaidh ri fhaotainn, leudaichidh sinn air na cothroman ionnsachaidh do thidsearan thràth-bhliadhnaichean a bhios sinn a' tabhann.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
(f) A' cur ris na cothroman ann an ionnsachadh proifeiseanta do thidsearan	Nuair a bhios maoinachadh iomchaidh ri fhaotainn.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach

### 3.8 CLEACHDADH CÀNAIN

Thathar mothachail gu bheil an àireamh a bhios comasach air a' Ghàidhlig a bhruidhinn eadar-dhealaichte bhon àireimh a bhios a' cleachdadh na Gàidhlig ann an da-riribh bho latha gu latha. Gus seasmhachd a thoirt dhan Ghàidhlig mar chànan làitheil san latha an-diugh, feumar an àireamh de dhaoine a chleachdas a' Ghàidhlig gu bitheanta àrdachadh agus roinnean cleachdaidh na Gàidhlig a leudachadh. Mar àite ionnsachaidh agus àite-obrach làn-Ghàidhlig, bidh a' Cholaiste a' cruthachadh shuidheachaidhean sòisealta, acadaimigeach agus proifeiseanta anns am faigh daoine cothroman air agus brosnachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh.

3.8.1 ANNS A' CHOIMHEARSNACHD			
Amas	Gnìomh	Uallach airson seo	Ceann-latha
(a) A' meudachadh àireamh nan daoine sa choimhearsnachd a chleachdas a' Ghàidhlig.	A' tarraing muinntir na coimhearsnachd agus gam brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh aig tachartasan Gàidhlig.  Bidh luchd-obrach a' fàs cleachdte ri bhith a' cleachdadh na Gàidhlig air taobh a-muigh na Colaiste.  A' co-obrachadh le gnìomhachasan anns an sgìre gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach
(b) Bidh oileanaich a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan làitheil anns na clasaichean agus air taobh a-muigh nan clasaichean gu sòisealta.	Ag obair gu dlùth leis na h-oileanaich gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh fad na h-ùine.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach
(c) Bidh luchd-obrach a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan làitheil aig an obair agus gu sòisealta.	A' sior bhrosnachadh ar luchd-obrach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig fad na h-ùine.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach
(d) A' meudachadh roinnean cleachdaidh.	A' tabhann chùrsaichean agus chur-seachadan air diofar chuspairean do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach

	A' cur air dòigh thachartasan dà-chànanach agus Gàidhlig anns a' choimhearsnachd.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
(e) A' meudachadh na h-àireimh de dhaoine anns a' choimhearsnachd aig a bheil Gàidhlig.	A' sior àrdachadh àireamh nan oileanach air na cùrsaichean oidhche dhan choimhearsnachd.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
(f) A' cur ris an fhiosrachadh a tha ann mu chleachdadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd.	A' brosnachadh rannsachadh air cleachdadh cànan anns a' choimhearsnachd agus a' foillseachadh nan toraidhean.	An Ceannard Rannsachaidh	Leantainneach

### 3.8.2 ANNS AN ÀITE-OBRACH

Amas	Gnìomh	Uallach airson seo	Ceann-latha
(a) A' sior leudachadh cleachdadh na Gàidhlig mar chànan obrach na Colaiste.	A' sior bhrosnachadh ar luchd-obrach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig fad na h-ùine.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
(b) A' sior àrdachadh àireamh an luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig.	A' neartachadh chothroman ionnsachaidh dhar luchd-obrach.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(c) A' brosnachadh an luchd-obrach gu bhith mothachail air a' chànan is cùisean cànan.	Trèanadh mothachadh cànan dhan a h-uile neach-obrach.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach

### 3.8.3 ANNS NA MEADHANAN

Amas	Gnìomh	Uallach airson seo	Ceann-latha
(a) Ag adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig agus ga dèanamh nas follaisiche air an eadar-lìon.	Làrach-lìn na Colaiste uile-gu-lèir dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin far a bheil seo iomchaidh.  A' cur bhrathan dà-chànanach/Gàidhlig air na meadhanan sòisealta ceangailte ris a' Cholaiste.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
(b) A' togail iomhaigh na Colaiste am measg nam meadhanan uile.	A' sgaoileadh fiosrachadh air BBC ALBA, STV, BBC Radio nan Gàidheal agus stèiseanan rèidio eile.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
(c) A' cruthachadh/daingneachadh	A' tàladh chompanaidhean TBh/rèidio a	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach



Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

cheanglaichean eadar a' Cholaiste agus na meadhanan.	chlàradh bhon Cholaiste/a chleachdadh nan goireasan.		
(d) Pàipearan-naidheachd.	Brathan-naidheachd agus sanasan dà-chànanach/Gàidhlig.  A' cur ri susbaint Ghàidhlig ann am pàipearan-naidheachd.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach

<b>3.8.4 ANNS NA H-EALAIN</b>			
<b>Amas</b>	<b>Gnìomh</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ri cluinntinn an lùib nan ealain.	A' dèanamh mineachadh, bhileagan agus margaidheachd dhà-chànanach/Ghàidhlig ceangailte ri taisbeanaidhean.	Oifigear Leasachaidh nan Ealain	Leantainneach
(b) A' leasachadh nan ealain.	A' cumail thachartasan, bhùithtean-obrach ealain tro mheadhan na Gàidhlig dhan choimhearsnachd/do dh'oileanaich.	Oifigear Leasachaidh nan Ealain	Leantainneach
(c) Ag adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig anns na h-ealain.	Bidh luchd-ealain lèirsinne air mhuinntireas ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig a rèir an comasan.  Bidh an sgrìobhadair air mhuinntireas fileanta sa Ghàidhlig agus a' foillseachadh litreachas sa Ghàidhlig.  Bidh an neach-dràma air mhuinntireas a' cruthachadh dràma sa Ghàidhlig ann an com-pàirt ri oileanaich agus muinntir na coimhearsnachd.  Bidh an ceòladair air mhuinntireas a' teagasg ceòl tro mheadhan na Gàidhlig agus a' cruthachadh ceòl Gàidhlig.	Oifigear Leasachaidh nan Ealain	Leantainneach
(d) A' toirt leudachadh air na h-ealain Ghàidhlig.	A' co-obrachadh le buidhnean nàiseanta gus na h-ealain Ghàidhlig a leasachadh.	Oifigear Leasachaidh nan Ealain	Leantainneach

Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig

(e) A' toirt leudachadh air rannsachadh sna h-ealain Ghàidhlig.	A' co-obrachadh le oilthighean gus obair rannsachaidh sna h-ealain Ghàidhlig a dhèanamh.	An Ceannard Rannsachaidh	Leantainneach
---	--	--------------------------	---------------

### 3.8.5 ANN AN TURASACHD, DUALCHAS IS CUR-SEACHADAN

Amas	Gnìomh	Uallach airson seo	Ceann-latha
(a) A' brosnachadh luchd-tadhail gus a' Ghàidhlig a chleachdadh.	Sanasan Gàidhlig air àrainn na Colaiste.	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach
	Fàilteachas Gàidhlig agus àrainneachd bhrosnachail dhan Ghàidhlig.	Am Manaidsear Aoigheachd	Leantainneach
(b) A' cur thachartasan agus chur-seachadan tro mheadhan na Gàidhlig air dòigh gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh gu sòisealta mar chànan làitheil am measg dhaoine, gu h-àraidh daoine òga.	A' cur air dòigh thachartasan Gàidhlig gu cunbhalach gach seachdain, cuid dhiubh fosgailte dhan choimhearsnachd.  A' brosnachadh dhaoine òga gus tachartasan Gàidhlig a chur air dòigh.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
(c) A' taisbeanadh na Gàidhlig do luchd-turais.	A' cur sheiseanan mothachadh cànan agus blasad cànan do luchd-turais air dòigh tro mhiosan an t-samhraidh, do bhuidhnean agus daoine fa-leth.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach

### 3.9 INBHE CÀNAIN

Thathar mothachail air cho cudromach is a tha inbhe na Gàidhlig gus àireamh luchd-labhairt a thogail agus cothroman cleachdaidh a leudachadh. Mar Ionad Nàiseanta Cànan agus Cultar na Gàidhlig, bidh sinn daonnan ag obair gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh. Bithear a’ cur ris an spèis a th’ aig daoine dhan chànan agus ri misneachd luchd-labhairt a rèir cho tric is a chithear agus a chluinnear a’ Ghàidhlig an seo.

<b>3.9.1 ÌOMHAIGH BHROSNACHAIL</b>			
<b>Amas</b>	<b>Gnìomh</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Ìomhaigh mar chànan beothail làidir.	A’ brosnachadh na Gàidhlig am measg na h-òigridh nam beatha làitheil, is an lùib chur-seachadan agus spòrs.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
(b) Ìomhaigh mar chànan luachmhor acadaimigeach.	A’ brosnachadh na Gàidhlig am measg luchd-acadaimigeach mar chànan foillseachaidh agus teagaisg.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
(c) Ìomhaigh mar chànan obrach.	A’ dèanamh na Gàidhlig riatanach airson na h-obrach.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(d) A’ togail mothachadh cànan.	Trèanadh ann am mothachadh cànan do gach neach-obrach.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
	A’ fighe mothachadh cànan a-steach dhan churraicealam aig gach ìre de na cùrsaichean.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
(e) A’ togail moit.	A’ brosnachadh dhaoine a bhith moiteil às a’ Ghàidhlig.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
(f) Prìomhachas air a’ Ghàidhlig.	Prìomhachas air a’ Ghàidhlig air àrainn na Colaiste, ga taisbeanadh ann am poileasaidhean agus planaichean leasachaidh.	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach

<b>3.9.2 CHO FOLLAISEACH 'S A THA A' GHÀIDHLIG</b>			
<b>Amas</b>	<b>Gnìomh</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Soidhnichean	Soidhnichean Gàidhlig; soidhnichean èiginn dà-chànanach mura dèan dealbh an gnothach.	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach
(b) A' cluinntinn na Gàidhlig	A' brosnachadh an luchd-obrach agus nan oileanach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig fad na h-ùine.  A' brosnachadh luchd-tadhail agus na coimhearsnachd a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig.  A' cluich Radio nan Gàidheal no BBC ALBA ann an àiteachan poblach anns na togalaichean.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
(c) Sanasachd	Sanasachd Ghàidhlig no dhà-chànanach.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
(d) Foillseachadh.	Bileagan, ro-sheallaidhean, fiosrachadh Gàidhlig no dà-chànanach.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach
	Ag àrdachadh àireamh nam foillseachaidhean acadaimigeach sa Ghàidhlig.	An Ceannard Rannsachaidh	Leantainneach
(e) Làrach-lìn.	Làrach-lìn uile-gu-lèir dà-chànanach le prìomhachas ga thoirt dhan Ghàidhlig no sa Ghàidhlig a-mhàin far a bheil seo iomchaidh.	An Ceannard Margaidheachd is Conaltraidh	Leantainneach

<b>3.9.3 AG ULLACHADH PHLANAICHEAN GÀIDHLIG</b>			
<b>Amas</b>	<b>Gnìomh</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Ag ullachadh Plana Gàidhlig.	Togaidh a' Cholaiste ìomhaigh na Gàidhlig le bhith a' cur ris an àireimh de na tha ann de phlanaichean Gàidhlig.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach
(b) A' cur taic ri buidhnean eile a bhios ag ullachadh phlanaichean Gàidhlig.	Bheir a' Cholaiste comhairle do bhuidhnean eile a bhios ag ullachadh phlanaichean Gàidhlig.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach

### 3.10 CORPAS CÀNAIN

Mar Ionad Nàiseanta Cànain is Cultar na Gàidhlig, tha dleastanas air a' Cholaiste pàirt mhòr a ghabhail ann an neartachadh corpas na Gàidhlig. Mar àite ionnsachaidh, cuiridh a' Cholaiste cudrom air a bhith a' leudachadh air is a' sgoileadh briathrachas agus gràmar rianail.

<b>3.10.1 A' CUR RI MEUD CORPAS NA GÀIDHLIG</b>			
<b>Amas</b>	<b>Gnìomh</b>	<b>Uallach airson seo</b>	<b>Ceann-latha</b>
(a) Soidhnichean	A' cur suas shoidhnichean Gàidhlig/dà-chànanach air feadh na Colaiste.	Ceannard na h-Oighreachd is Sheirbheisean	Leantainneach
	A' brosnachadh bhuidhnean sa choimhearsnachd gus soidhnichean dà-chànanach a chleachdadh.  A' cur taic ri buidhnean eile a thaobh cruth nan soidhnichean dà-chànanach.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànain	Leantainneach
(b) Aithisgean	A' cruthachadh aithisgean Gàidhlig/dà-chànanach.	An Ceannard Sgiobachd	Leantainneach
(c) Rannsachadh	A' cur ri rannsachadh air a' Ghàidhlig.	An Ceannard Rannsachaidh	Leantainneach
	A' cur ri rannsachadh tro mheadhan na Gàidhlig.		

(d) Foillseachaidhean	A' cruthachadh barrachd fhoillseachaidhean acadaimigeach sa Ghàidhlig.	An Ceannard Rannsachaidh	Leantainneach
	A' cruthachadh barrachd fhoillseachaidhean corporra sa Ghàidhlig.	A' Bhuidheann Stiùiridh	Leantainneach

### 3.10.2 A' CUR RI BUNTAINEACHD AGUS CUNBHALACHD NA GÀIDHLIG

Amas	Gnìomh	Uallach airson seo	Ceann-latha
(a) A' cleachdadh litreachadh is gràmar rianail.	A' teagasg mothachadh agus riaghailtean gràmair is litreachaidh.  A' meas obair acadaimigeach a rèir riaghailtean.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
(b) A' leasachadh litreachadh is gràmar.	A' co-obrachadh le buidhnean eile a dh'ionnsaigh riaghailtean litreachaidh rianail agus ciallach.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
(c) A' leudachadh briathrachas acadaimigeach.	A' co-obrachadh le buidhnean eile a dh'ionnsaigh briathrachas acadaimigeach cunbhalach.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach
(d) A' leudachadh briathrachas làitheil.	A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean làitheil.	Am Manaidsear Poileasaidh Cànan	Leantainneach
(e) A' cruinneachadh briathrachas.	A' leudachadh stòr-dàta briathrachais.	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim	Leantainneach

## 4. FOILLSEACHADH

### A' FOILLSEACHADH AGUS A' SANASACHD A' PHLANA

#### TAOBH A-STAIGH NA COLAISTE

---

Thèid an dreachd dhen Phlana Ghàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig a sgaoileadh air post-dealain gu gach neach-obrach agus gach oileanach, a' sireadh bheachdan air post-dealain ro cheann-latha iomchaidh. Bidh manaidsearan a' brosnachadh an sgiobaidhean beachdan a nochdadh is ceistean a thogail ann am post-dealain chun a' mhanaidseir aca no gu dìreach, gu rùnaire Comataidh Gàidhlig an t-Sabhail, agus thèid beachdan sam bith a dheasbad aig a' Chomataidh Ghàidhlig. Cuideachd, thèid iarraidh air Comann nan Oileanach beachdan nan oileanach a shireadh is a thilleadh gu rùnaire na Comataidh Gàidhlig.

Nuair a thèid am Plana Ghàidhlig fhoillseachadh, thèid am plana fhèin a sgaoileadh gu oileanaich is luchd-obrach, agus thèid mineachadh a dhèanamh an uair sin air mar a tha uallach air gach duine am plana a leantainn. Aig an aon àm, thèid poileasaidh cànan na Colaiste agus fios a sgaoileadh dhan a h-uile duine air cothroman aig luchd-obrach an cuid Gàidhlig a leasachadh; agus thèid bruidhinn air leasachadh agus cleachdadh na Gàidhlig tro phròiseas nam measaidhean-obrach agus leis an luchd-oide phearsanta (PATs) aig oileanaich.

#### TAOBH A-MUIGH NA COLAISTE

---

Thèid Plana Ghàidhlig Sabhal Mòr Ostaig fhoillseachadh sa Ghàidhlig air làrach-lìn an t-Sabhail. Cuideachd, bidh sinn:

- A' sgaoileadh brath-naidheachd dà-chànanach mun Phlana Ghàidhlig ùr againn
- A' sanasachd a' phlana air ar meadhanan sòisealta
- A' cur lethbhreac dhen phlana againn gu buidhnean com-pàirteachaidh leis am bi sinn ag obair, a' mineachadh mar a bhios iad fhèin an sàs ann a bhith a' libhrigeadh a' phlana
- A' cuairteachadh lethbhreac dhen phlana gu na prìomh chom-pàirtichean againn san roinn phoblaich, san roinn phrìobhaidich, agus buidhnean eile
- A' co-roinn lethbhreac dhen phlana le buidhnean Gàidhlig agus buidhnean co-cheangailte eile
- A' toirt seachad lethbhreac cruaidh, ma thèid seo iarraidh oirnn.

## 5. MAOINEACHADH A' PHLANA

Thèid gu leòr dhen obair seo a mhaoineachadh tro bhuidseatan na Colaiste seach gu bheilear an sàs ann an tòrr dhen obair a-cheana. Thathar cuideachd an dòchas gum bi taic-airgid ri faotainn tro iarrtasan gu diofar sgeamaichean aig Bòrd na Gàidhlig is eile.

## 6. SGRÙDADH AIR COILEANADH A' PHLANA

Tha Plana Gàidhlig Sabhal Mòr Ostaig a' gabhail a-steach nam bliadhnaichean 2023–2028. Na rèis, mar a bhios ionmhas a' leigeil leinn, bidh sinn a' fastadh Manaidsear Poileasaidh Cànanain ùr a bheir stiùireadh do dh'oileanaich agus luchd-obrach gus am plana a chur an gnìomh còmhla ri poileasaidh cànanain na Colaiste. Bheir am Prionnsapal agus Ceannardan Roinne na Colaiste a h-uile taic dhan Mhanaidsear Phoileasaidh Chànain gus na h-amasan a ruigsinn, air caochladh dhòigh:

- Bidh am Manaidsear Poileasaidh Cànanain a' coinneachadh ri Ceannardan Roinne gach trì mìosan;
- Bidh am Manaidsear Poileasaidh Cànanain a' coinneachadh ris a' Phrionnsapal gach trì mìosan;
- Bidh am Manaidsear Poileasaidh Cànanain a' cumail chòmhradh ris na h-oileanaich co-dhiù trì tursan gach seimeastar;
- Sgrìobhaidh am Manaidsear Poileasaidh Cànanain aithisgean dhan Bhòrd Stiùiridh/Bhuidhinn Stiùiridh
- Sgrìobhaidh am Manaidsear Poileasaidh Cànanain aithisg bhliadhnail do Bhòrd na Gàidhlig.



## 7. AM PLANA GÀIDHLIG AIG A' CHOLAISTE

### UALLACH DEIREANNACH AIRSON A' PHLANA

Tha uallach deireannach airson a' phlana air Prionnsapal na Colaiste.

An Dr Gillian Rothach  
Prionnsapal na Colaiste  
Sabhal Mòr Ostaig  
An t-Eilean Sgitheanach  
IV44 8RQ

prionnsapal@smo.uhi.ac.uk  
01471 888 200

### UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA

Tha uallach làitheil airson a' phlana air a' Mhanaidsear Phoileasaidh Chànain. Bu chòir ceistean no beachdan mun phlana a chur gu:

Sarah Jane Chaimbeul  
Rùnaire a' Phrionnsapail  
Sabhal Mòr Ostaig  
An t-Eilean Sgitheanach  
IV44 8RQ

sjc.smo@uhi.ac.uk  
01471 888 200

### BUIDHEANN LEASACHAIDH GHÀIDHLIG

Bho 2003, tha caochladh chomataidhean air a bhith againn gus adhartas a dhèanamh a thaobh leasachadh na Gàidhlig aig a' Cholaiste, a' tòiseachadh le comataidh BRAG, suas gu Comataidh Gàidhlig an t-Sabhail, a tha air a bhith an sàs ann an sgrìobhadh a' phlana seo. Tha Comataidh Gàidhlig an t-Sabhail fo stiùir a' Phrionnsapail, le riochdairean oirre bho fharsaingeachd de roinnean aig a' Cholaiste, agus bidh a' chomataidh seo a' coinneachadh gu cunbhalach agus a' toirt taic is cuideachadh dhan Mhanaidsear Phoileasaidh Chànain anns an obair aca.

## DLEASTANASAN AIG MANAIDSEARAN IS CEANNARDAN ROINNE

Trusaidh am Manaidsear Poileasaidh Cànain clàr dhe na dleastanasan bhon Phlana a bhios aig gach neach-obrach eile, agus cumaidh iad coinneamhan leis an luchd-obrach iomchaidh gu cunbhalach gu dearbhadh gu bheil a' dèanamh adhartas soilleir a thaobh nan dleastanasan aca.

An t-Amas	Gun cùm am Manaidsear Poileasaidh Cànain coinneamhan cunbhalach le manaidsearan is ceannardan anns gach roinn
Tricead	Gach trì mìosan aig a' char as lugha
An urra ri	Prionnsapal na Colaiste Am Manaidsear Poileasaidh Cànain

## BUIDHNEAN BHON TAOBH A-MUIGH

Dèiligidh a' Cholaiste ri buidhnean bhon taobh a-muigh tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin mas urrainnear (me, le Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig, MG ALBA, agus mar sin air adhart). Nithear cinnteach gu bheil fios aig gach buidhinn leis an obraich sinn gur e àite gu tur Gàidhlig a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, gu bheil an cothrom aca conaltradh rinn anns a' Ghàidhlig a rèir an comais, agus gu bheil a' Cholaiste coisrigte do neartachadh na Gàidhlig anns gach nì a nì sinn. Nì sinn cinnteach, gu sònraichte, a thaobh bhuidhnean a bhios ag obair leis na h-oileanaich againn, gun cleachd iad a' Ghàidhlig a-mhàin le oileanaich aig SQA ìre 7 agus nas àirde, ma tha sin an comas dhaibh.

## EÀRR-RÀDH 1 – IN-SGRÙDADH CÀNANACH

'S e luchd-rannsachaidh Sabhal Mòr Ostaig a dhealbhaich an t-in-sgrùdadh cànanach a tha a-nis ga mholadh dha ùghdarrasan ionadail leis a' Bhòrd, agus rè nam bliadhnaichean, tha a' Cholaiste air diofar sgeamaichean in-sgrùdaidh a chur an sàs. Ri linn Covid, agus coltach ri iomadh buidheann eile air feadh an t-saoghail, chaidh mòran ghnìomhan àbhaisteach aig a' Cholaiste a chur an dàrna taobh, agus bha an t-in-sgrùdadh cànanach nam measg, ach rè ùine a' phlana ùir againn, tha sinn a' cur romhainn an t-in-sgrùdadh cànanach againn a dhèanamh gu cunbhalach a-rithist, agus thèid an ceangal ris na planaichean ionnsachaidh Gàidhlig aig an luchd-obrach, agus an t-amas fad-ùine againn gum bi a h-uile neach-obrach aig a' Cholaiste uidheamaichte a bhith ag obair tro mheadhan na Gàidhlig le misneachd is moit.

An t-Amas	Gun dèanar in-sgrùdadh cànanach air luchd-obrach na Colaiste air fad.
Tricead	Gach dàrna bliadhna, anns an Ògmhios
An urra ri	An Ceannard Sgiobachd Am Manaidsear Poileasaidh Cànan

An t-Amas	Gun dèanar in-sgrùdadh cànanach air an luchd-obrach a tha fhathast ag ionnsachadh na Gàidhlig, mar phàirt den ath-nuadhachadh bhliadhnail air na planaichean ionnsachaidh aca.
Tricead	Gach bliadhna, anns a' Chèitean
An urra ri	An Ceannard Sgiobachd Am Manaidsear Poileasaidh Cànan

## EÀRR-RÀDH 2 – CO-CHOMHAIRLEACHADH POBLACH

Chaidh co-chomhairleachadh poblach a chumail gus cothrom a thoirt dhan t-sluagh beachdachadh air an treas plana againn. Chaidh dreachd dhen phlana fhoillseachadh air làrach-lìn na Colaiste air **X**, agus bha an co-chomhairleachadh poblach fosgailte gu **X**.

Chaidh brath-naidheachd fhoillseachadh a thug cuireadh do dhaoine na beachdan aca a chur a-steach, agus chaidh post-dealain a sgaoileadh gu oileanaich agus gu luchd-obrach na Colaiste a bharrachd air buidhnean iomchaidh eile. Bha dreachd phàipeir dhen phlana ri faotainn nam biodhte ga iarraidh.

Fhuaras **X** freagairtean.